(10) "Innsidh mi dhuit dé a nì mi; nì mi lléine bheag, agus còta, agus brigis, do gach fear aca; agus dean thusa brògan doibh."

(11) Thaitinn comhairle na mnà ris a' ghrèasaiche gu h-anabarrach agus air feasgair àraidh, an uair a bha gach nù ullamh, dh'fhàg iad na deiseachan air a' bhòrd, an àite na h-oibre a b' àbhaist doibh a ghearradh a mach; agus an sin chaidh iad agus dh' fhalaich iad iad fhéin a dh' fhaire ciod a dheanadh na daoine-beaga.

(12) Mu mheadhon oidhche thainig iad a stigh, agus bha iad a' dol a shuidhe sìos an taice na h-oibre mar a b' àbhaist doibh; ach an uair a chunnaig iad an t-aodach rinn iad glag gàire agus bha othail mhór orra.

(13) Chuir iad orra na deiseachan ann an tiota, agus thòisich iad air dannsadh, agus air lléum agus air gearradh shìnteag an sin, gus mu dheireadh an do dhanns iad a mach air an dorus agus a nunn thar an àilein.

(14) Chan fhaca an grèasaiche gu bràth tuilleadh iad; ach chaidh gach cùis gu math leis as a dhéidh sin, cho fada 's a bha e beò.

#### THE SHOEMAKER AND THE FAIRIES- *Continued.*

(1) One evening about Christmas time, as he and his wife sat chatting at the fireside, he said to her, "I should much like to sit up to-night and see who is coming and doing the work for me" (2) "We will just do that same, my dear man," said the wife. (3) They left the light burning and hid themselves behind a screen in a corner of the house, to see what should happen. (4) At midnight there came in two little sprites without a rag of clothes. (5) They sat down on the shoemaker's workbench, they took all the leather that was cut out, and began with their little fingers, sewing and knocking and hammering, in such a way that the shoemaker was filled with wonder, and could not take his eyes off them. (6) They lay to the work then till it was finished, and the shoes neat and ready on the bench. (7) This was long before the sun was up, and then they made off like lightning. (8) Next day the wife said to the shoemaker. "The little men have made us wealthy; we are much in their debt; and we ought to do them some kindness or other. (9) It grieves me to look at them frisking about as they are; there is not a rag on their backs to keep out the cold. (10) I will tell you what I will do; I will make a little shirt and coat, and trousers for each of them; and you make shoes for them." (11) The wife's advice pleased the shoemaker vastly; and one evening when everything was ready, they left the suits on the bench, instead of the work which they used to cut out, and then they went and hid themselves to watch what the little men might do. (12) About midnight they came in and were about to sit down to the work as usual; but when they saw the clothes they broke out into a loud laugh and were in great glee. (13) They put on the suits in a twinkling, and they began to dance, and leap, and stride about, till at last they danced out of the door and away across the lawn. (14) The shoemaker never saw them again; but everything went well with him after that, as long as he lived.

### LESSON VI.

#### IAIN BEAG MAC-AINDREA.

(1) Tha e air 'aithris gun robh Iain Mac-Aindrea o chionn nnaoi-fichead bliadhna a' tàmh an Dail-na-h-Aitnich, an sgìre Ghlinn-Ceatharnaich, ann an Srath Spé. (2) Bha e 'na dhuin-eachan beag, suarach, 'na choltas air gach dòigh—na bu



choltaiche a bhith air 'fhàgail aig a' bhaile an cois nam mart agus nan llaogh na bhith a' dol leis a' chòisridh do 'n bhlàr. (3) Gidheadh 'na chom bha cridhe an llaoi<sup>ch</sup>, air a bhrosnachadh le spiorad na gaisge; agus fear-bogha na b' ealanta an àm tarraing gu còmh-stri cha do tharraing riamh saighead ri sreing. (4) Tha gach euchd gaisgeil a rinn e air an aithris le tuilleadh ioghnaidh an uair a bheirear fa-near cho tur neo-fhaicheil 's a bha e. (5) Tha e air a ràdh gun tilgeadh e dà-shaighid-dheug, agus gun sàthadh e an darna h-aon ann an earball na h-aoin eile. (6) Thàinig e aon llà seachad air buidhinn a bha ri giomanachd ann an Srath-h-Eireann. (7) Dn' fheòraich cuid diùbh de 'n ghille bheag am feuchadh e ris an t-saighid, agus le beagan moit dh' aontaich e. (8) Bhuail e an toiseach faisg air meadhon na targaid, ach an darna h-uair chuir e an t-saighead dìreach 'na meadhon. (9) Thòisich iad air ioghnadh a ghabhail agus air a bhith 'ga mholadh; ach thuirt e riù gun deanadh iad na b' fheàrr na sin an Srath-Spé. (10) Dh' fhalbh e agus shàth e slatag sheilich ann an tom, astar math air falbh. (11) Thilg e agus sgoilt e i leis a' chiad shaighid.

(12) Bha e 'na rogha fhear-aitribh, agus cha b' aiumig leis a bhith ris an obair sin ann an Srath-h-Eireann. (13) Aig aon àm bha e ann ris a' cheart obair sin aig Fear Choileachaibh. (14) Air feadh na h-oidhche thàinig a' chrois-tàra chum an tighe. (15) B' e bha an so Ròsach Chill-reabhaig an Srath-Narann, agus e air tòir na creiche a thogadh uaith le Fear Acha-luachrach an Lloch-abar, agus e air shùrd pòsaidh. (16) Dh' fhalbh Fear Choileachaibh agus a chuideachd maille ri buidheann an Ròsaich, agus Iain Beag Mac-Aindrea mar aon de chàch. (17) Bhuail iad air an aghaidh le sùrd agus le faicill, agus an d' rainig iad a' Chrò-chlach am bràigh Srath-h-Eireann. (18) Chunnacas solus ann am bothan nan ciobair. (19) An so bha Fear Acha-luachrach agus a bhuidheann an déidh an suipeire, a' seanachas r' a chéile gun fhiamh, gun eagal. (20) Aig an àm so bha Iain Mac-Aindrea air toiseach na buidhne. (21) Shuidhich e e fhéin mu choinne dorus a' bhothain. (22) Bha an oidhche fuathasach dorcha—nnì a thug fìor chothrom dhoibh-san a bha a mach, ach a bha gu tur an aghaidh chàich, a bha air an lleigeil ris le solus a' ghealbhain a bha aca anns a' bhothan. (23) An uair a dh' fhairich iad an taimrich a bha a mach, b' ann le spiorad na gaisge a thriall gach fear chum an dorus, a thoirt coinne do luchd na tòrachd ach cha d' ràinig a h-aon diubh an stairsneach gun

bhith air an lleagail na 'n tòrr air muin a chéile. (24) Bha llámh Iain Bhig Mhic-Aindrea bitheanta gu lleòir agus a shùil air tòir air ceannard na buidhne. (25) Air dhàsan a bhith aithnichte a thaobh 'éididh, an uair a chunnaig Iain e chuir e saighead 'na uchd a cheangail e ris a' phost a bha air a chùlaibh. (26) An uair a chunnaig Fear Choileachaibh mar rinn e—theagamh chum fios a' thoirt do 'n Ròsach mar thachair—ghlaodh e mach, "Buaidh is tapadh leat, Iain Mhic-Aindrea Dhail-na-h-Aitnich!" (27) An uair a chual Iain am mìodal so, aig àm cho mi-fhreagarach—air dha a thuigsinn na 'n rachadh fear sam bith as, gun tugadh e 'ainm-san do Loch-abar; nà dh' fhàgadh e buailteach do chunnart 'na dhéidh sin—fhreagair e Fear Choileachaibh ann am briathran nach furasda sgrìobhadh. (28) Cha d' fhuair a h-aon as de na bha stigh, ach aon ghille maol, dubh, a thug fa-near a' chùis. (29) Bhris esan a mach air cùl a' bhothain, agus gu truagh do dh' Iain Mac-Aindrea, thug am fear so an nnaidheachd agus 'ainm do Loch-abar mar am fear a fhuair urram na saighdearachd. (30) Agus bha a' bhuil: is gann gun d' fhuair Iain là nò oidhche sona 'na dhéidh.

#### LITTLE JOHN MACANDREW.

(1) It is said that little John Macandrew lived some hundred and eighty years ago in Dalnathnich, in the parish of Duthil, in Strathspey. (2) He was a little insignificant man in appearance in every way—more like being left at home about the cows and calves than following the heroes to battle. (3) He was, however, possessed of a hero's heart, inspired with the spirit of bravery; and a more skilful archer, when the time of conflict came, never pressed arrow to bowstring. (4) The many brave deeds which he did are related with all the more wonder, seeing how altogether unprepossessing he was. (5) It is said that he could shoot twelve arrows, and fix one after one of them in the end of the one before it. (6) One day he passed a party of hunters in Stratdearn. (7) One of them asked the little fellow if he would try his skill at the bow, and with some show of diffidence he consented. (8) At the first attempt he struck near the middle of the target, but at the second throw he sent the arrow direct to the centre. (9) They began to wonder and to praise him; but he told them they could do better than that in Strathspey. (10) He went and thrust a willow wand into a little mound a good distance off. (11) He sent his first arrow right through the twig.

(12) He was an excellent husbandman, and it was no rare thing with him to be thus occupied in Stratdearn. (13) At one time he was engaged for the Laird of Kyllachy. (14) During the night the fiery-cross came to the house. (15) This was Rose of Kilravock, in Strathnairn, seeking his cattle, of which he had been plundered by the Laird of Auchluachrach, in Lochaber, who was on the eve of getting married. (16) The Laird of Kyllachy and his retainers set off with Rose's party, and little John Macandrew among the rest. (17) They pushed on eagerly and warily, till they came to Cro-clach, in the heights of Stratdearn. (18) They observed a light in the shepherds' hut. (19) Here were the Laird of Auchluachrach and his company, after supper, sitting talking to each other, and fearing nothing. (20) At this time John Macandrew was at the head of the party. (21) He took up his position opposite the door of the hut. (22) The night was very dark—a fact which gave the best advantage to those who were outside, but which was altogether against the others, who were made quite visible by the light of the fire which they had in the hut. (23) When they heard the sound of footsteps outside, they all sprang bravely to the door to meet their pursuers, but not one of them reached the threshold, for they were all shot down in a heap on the top of each other. (24) Little John Macandrew's hand was active enough, and with his eye he watched for

the leader of the party. (25) He being easily recognised by his garb, whenever John caught sight of him he sent an arrow into his breast, which transtixed him to the post that stood at his back. (26) When the Laird of Kyllachy saw what he had done—perhaps to apprise Rose of what had happened—he cried out, “Victory and luck to you, John Macandrew of Dalnabatnich?” (27) When John heard this compliment at such an ill-chosen moment—knowing that if one of them escaped he would carry his name to Lochaber; a fact which would expose him to danger in the future—he answered the Laird of Kyllachy in words not fit to be recorded. (28) Not one escaped of those who were within, but one black, beardless fellow, who had witnessed the fight. (29) He cut his way through the back of the hut, and unluckily for John Macandrew, he carried the news and his name to Lochaber, as the man who had won the honours of the fight. (30) And the result was that John scarcely spent a day or night in peace after it.

## LESSON VII.

Iain Beag Mac-Aindrea—*Continued.*

(1) An uair a ràinig an sgeul so Lloch-abar, a bha cho cràidhteach do bhean-na-bainnse, cha d’ fhois agus cha do thàmh i gus an do ràinig i Crò-chlach; agus tha a cor an uair a ràinig i na’s asa thuigsinn na chur an céill. (2) Tha e air a ràdh gum d’ fhuair i a mhial-chu fhéin ag òl fuil Fear Achaluachrach; agus anns ann teinn-chràdh anns an robh i, gum d’ thug i an cù ’na spathaltan as a chéile.

(3) An uair a sgaoil an nmaidheachd, bha càl dean nam fear a thuit air an gluasad le cuilg bhuaireasaich. (4) Thog iad orra, dà-fhear-dheug, agus ràinig iad tigh Iain Mhic-Aindrea. (5) Bha Iain agus a bhean a stigh le chéile, agus thuig iad có a bh’ aca, air ball. (6) Dh’ fhoighnich na daoine de bhean-antighe am b’ e so tigh Iain Mhic-Aindrea, agus c’ àit an robh e fhéin. (7) Thuirt i gu misneachail gum b’ e, agus nach robh e fhéin fad as. (8) Dh’ iarr i orra suidhe gus an tigeadh e. (9) Cha do smuainich iad gum b’ e Iain fhéin a bha na ’shuidhe taobh an teallaich; oir ged fhuair iad ’ainm ’s a shloinneadh, cha d’ fhuair iad a dhealbh ’s a chumadh. (10) Bha a bhean a’ fuineadh aig an àm, agus thilg i mìr de’n aran air an fhear a bha ’na shuidhe taobh an teallaich; agus le bagairt choimhich dh’ iarr i air dol a shealltainn nach robh an fheadail ri dolaidh sam bith; agus na ’m faiceadh e a mhaighstir, fios a thoirt dà gum robh daoine-uaisle a’ feitheamh air. (11) Dh’ fhalbh e le gearan, mur nach biodh e idir toileach. (12) Chaidh ise gu seòmar far an robh am balg-shaighead, agus chuir i a mach air uinneig g’a ionnsaidh e. (13) Rè na h-ùine so cha do sguir i a chumail seanachais ris na coigrich, agus ’gam frithealadh leis a’ bhiadhtachd a b’ fheàrr a bh’ aice. (14) Dh’ iarr Iain am bruthach a bha fa chomhair dorus a thighe; chuir e dà-shaighid-dheug ann an rian freagarach air an torran

flàmh ris, agus ghlaodh e, fear sam bith a bha ag iarraidh Iain Mhic-Aindrea e bhith a mach. (15) B' ann an sin a bha a' chabhag, gach fear a' bualadh a mach chum ionnsaidh a thoirt air Iain Mac-Aindrea; ach cha luaithe ràinig iad an doras na bha saighdean Iain 'gan còmhachadh agus 'gan lleagail gullàr. (16) Cha deachaidh am fear mu dheireadh dhiubh fada o 'n tigh an uair a thuit e, air chor 's nach deachaidh a h-aon diubh as a dh' innseadh na nnaidheachd san tìr as an d' fhalbh iad.

(17) 'Na dhéidh so bha Iain Mac-Aindrea fo fhiamh a là 's a dh' oidheche. (18) Cha robh e sàbhailte dha a bhith oidheche 'na thigh fhéin, air chor 's gun bu dùth dha gearan air an oidheche sin a luaidh Fear Choileachaibh air 'ainm e. (19) Uime sin, bha a leaba aige ann am bàrr craoibh ann an Coille Uisge-Thuilnean, ann an ionad ris an abrar Giuthas-na-h-Uamha gus an llà an diugh. (20) Chual iad mu 'n lleaba so ann an Iloch-abar, agus bha na h-Abraich gu tric ri fhaicinn air feadh na coille sin chum a faighinn a mach. (21) Bha iad air uairibh a' tachairt air Iain fhéin; ach cha robh iad idir a' samhachadh gum b' e bhiodh ann—nà a thug cothrom dha de 'n d' rinn e gu minig feum, air chor 's nach do leig e aon de na chunnaig e riamh air 'ais. (22) Am fear mu dheireadh a chunnaig e dhiubh, bha e air feadh na coille gun duine leis. (23) Dh' fheòraich am fear so de dh' Iain—mar gum b' ann air son nneònachais d' a fhéin—c'ait an robh an lleaba-fhalaich aig Fear Dhail-na-h-Aitnich. (24) Fhreagair Iain gum feuchadh e sin da; agus an uair a chunnaig an t-Abrach an lleaba, sheall e mu 'n cuairt car tiota bhig, agus chuir e 'aghaidh air a dhùthaich fhéin; ach cha b' fhada chaidh e an uair a thug Iain tarraing air a' bhogha a bha air a chleith fo 'bhreacan, agus leag e am fear sin mar an ceudna gun a leigeil na b' fhaide air a thurus.

(25) Chan 'eil cunntas air a liutha fear a mharbh e rè a bheatha, ach tha iomradh gur mór a chuir e gun teagamh gu dìth; agus cha d' thug duine riamh buaidh air fhéin, ged thàinig e gu bhith 'na sheann duine mu 'n do chaochail e.

LITTLE JOHN MACANDREW.—Continued.

(1) When the tidings reached Lochaber, which were so distressing to the bride she neither stayed nor rested till she reached Cro-clach; and her state when she did so is more easily understood than described. (2) It is said that she found his own hound lapping the blood of the Laird of Auchluachrach; and that in her frenzy she tore the dog asunder limb from limb.

(3) When the news spread, the friends of the slain were moved with fierce fury. (4) Twelve of them set out direct for John Macandrew's house. (5) John and his wife were both within, and at once they understood who their visitors were. (6) The men asked the goodwife if this was the house of John Macandrew, and where he was

himself. (7) She boldly answered that it was, and that he himself was not far away. (8) She bade them sit down till he should arrive. (9) They never thought that it was John himself that was sitting by the fireside; for though they had got his name and surname, they had not got his form and aspect. (10) His wife was baking at the time, and throwing a piece of bread at the wight who sat at the fire, she roughly ordered him to go and see that the cattle were in no mischief; and if he saw his master, to tell him some gentlemen were waiting for him. (11) He went away muttering as if he were not at all pleased. (12) She then went to a room where the quiver was kept, and handed it out to him at the window. (13) All the while she kept talking to the strangers and entertaining them to the best provision she had. (14) John ascended the slope which faced the door of his house; he laid twelve arrows in order on the hump beside him, and called upon any man who wanted John Macandrew, to come out. (15) In great haste each one struck out to make the attack on John Macandrew; but no sooner had they reached the door than they were met with John's arrows and felled to the ground. (16) The last of them had not gone far from the house when he fell, so that not one of them escaped to carry the news to the country from which they set forth.

(17) John Macandrew was after this in a state of anxiety night and day. (18) It was not safe for him to be a night in his own house, so that he had occasion to regret the day when the Laird of Kyllachy addressed him by name. (19) He made his bed, therefore, on the top of a tree in Dulnan Wood, at a spot called the Pine of the Cave, to this day. (20) They heard of this bed in Lochaber, and Lochaber people were often seen searching the wood to try and discover it. (21) Occasionally they met John himself; but they never imagined it was he—a circumstance of which he frequently availed himself, so that he never allowed one of those whom he met to return home. (22) The last one of them he saw was in the wood alone. (23) He asked John—as if for curiosity—where was the secret lair of the Man of Dalnahatnich. (24) John replied that he would point it out for him; and when the Lochaber man saw the bed, he looked about for a moment, and then set his face for his own country; but he had not gone far when John drew the bow which was concealed under his plaid, and shot that one also without letting him farther on his way.

(25) There is no record of all he slew during his life, but it is said that the number of his victims must have been great; and no man ever gained a victory over himself, though he became an old man before he died.

## LESSON VIII.

### A' BHAN-RIGHINN ANN AM BEALACH—1842.

(1) Ged nach robh sùil ris a' Bhan-righinn gu feasgar, bha muinntir na dùthcha a' cruinneachadh o mhoch-thrath; agus mu mheadhon llà bha anabarr sluaigh air an turus gu Caisteal Bhealaich; oir thilg am Morair a' phàirce mhór fosgailte air an llà so, chum gum faigheadh gach aon llàn a shùl de 'n Bhan-righinn agus de 'n Phrionnsa, agus de na bha a' dol air aghaidh. (2) Chan 'eil e comasach tuilleadh 's a' chòir de chliù a thoirt do 'n uasal fhathasach so air-son a shuaircis agus a choibhneis aig an àm so. (3) Cha do dhiùltadh neach, bochd no nochd; agus cha dì-chuimhnichear sin dàsan.

(4) Beagan an déidh mheadhon llà, chunnacas na Gàidhil 'nan éideadh a' cruinneachadh fo chaithream iollagach nam fichead pìob, agus an cinn-fheadhna air an ceann. (5) B' ann doibh fhéin a thigeadh am féile! (6) Bha na Caimbeulaich, còrr agus cóig-ciad, fo chomann oighre a' Mhorair—Tighearn òg Ghlinn-falach; agus da-rìreadh bu dreachmhor a' bhuidheann

iad. (7) Bha iad air an roinn na 'n cóig cuideachdan, agus ceannard fuirbidh thairis air gach cuideachd. (8) Bha a' chuideachd-aotrom air an éideadh ann am breacan glas nan ciobairean, le gunna-caol an fhéidh an llámh gach fir. (9) So an fheadhainn a bha ri dol air llog an fhéidh an llà-ar-namhàireach. (10) Bha iad uile 'nan gillean anabarrach eireachdail, air rogha cumadh o 'm mullach gu 'm brògan.

(11) An déidh do na Caimbeulaich a bhith an òrdagh, chualas pìob. (12) Cò a bha an so ach Sir Niall Mèinn le 'thuath agus le 'chinneadh, air an éideadh gu h-eireachdail ann am breacan a theaghlach—geal is dearg—e fhéin, an llaoch flathail, air steud-each cho geal ris a' chanach—a mhac òg r' a thaobh, agus na ceatharnaich shùndach a' mèarsadh 'nan déidh. (13) Tharraing iad suas fo àrd-iolach an t-sluaigh do 'n àite a chuireadh air lleth air an son.

#### THE QUEEN AT TAYMOUTH—1842.

(1) Though the Queen was not expected till evening, the country people were gathering since early morning; and by mid-day there was a vast multitude of people on their way to Taymouth Castle: for the Marquis had this day thrown open the great park, so that every one should have a full view of the Queen and the Prince, and all that was happening. (2) It is impossible to give too much praise to this princely nobleman for his generosity and kindness at this time. (3) No one was excluded—poor or poorly clad—and this will not be forgotten to him.

(4) A little after mid-day the Highlanders were seen assembling in full costume, to the inspiring strains of bagpipes a full score, and with their chiefs at their head. (5) And well did their uniforms become them! (6) The Campbells, over five hundred, were under the command of the Marquis's heir—the young laird of Glenfalloch; and a truly handsome body they were. (7) They were divided into five companies, with a stalwart chieftain at the head of each. (8) The light company were arrayed in grey shepherd's tartan, each one carrying a rifle. (9) This was the party who were to hunt the deer on the morrow. (10) They were all exceedingly handsome fellows, well-formed from head to foot.

(11) After the Campbells were placed in order, the sound of the pipes was heard. (12) Who should this be but Sir Neil Menzies, with his tenantry and clan, richly arrayed in the tartan of his family—white and red—he himself, the noble hero, riding a snow-white steed—his young son by his side, and his brave and hearty retainers marching behind them. (13) They drew up amid cheers at the spot selected for them.

#### LESSON IX.

##### A' BHAN-RIGHINN ANN AM BEALACH.—*Continued.*

(1) Bha seòladairean a' Mhorair a làthair cuideachd, le 'm brigisean geala agus le 'n adaichean-fairge agus cuairt òir mu 'n timcheall. (2) Bha bratach Bhraid-Albann fhéin a snámh sa' ghaoith air mullach a' chaisteil; agus bha dithis de sheòladairean na Ban-righinn, fear air gach taobh de 'n chrann, chum a tarraing a nuas agus a' bhatach dhearg bhuidhach a chur suas 'na h-àite, cho luath 's a thigeadh a' Bhan-righinn san t-sealladh. (3) Bha cuideachd de 'n deagh réisimeid Ghàidh-ealaich, Feachd Dhiùc Gordoin, maille ri marcaichean, air a'

bhlàr, agus a' h-uile nni an òrdagh, gun smid á beul, ach gach sùil air a' chachaileith air an robh a' bhànan-rìghinn ri tighinn a steach. (4) Chiteadh am Morair e fhéin agus na flaithean àrda bha maille ris, air an ais agus air an aghaidh, le 'm boineid 's le 'm féile, a' cur gach nni ceart, agus a' socrachadh gach cùis; agus gu dearbh chan olc a thig am féile dha fhéin, an t-uasal eireachdail, dreachmhor. (5) Tha e air a ràdh gun do chosd a bhoineid i fhein eadar tri-fichead agus ceithir-fichead púnd Sasunnach.

(6) Chunnacas a nis an carbad Rìoghail a' tighinn. (7) Leum na marcaichean an glaic an diollaid, agus ghabh gach iosal agus uasal 'àite fhéin. (8) Air leth-uair an déidh se san anmoch bha i taobh a stigh na pàirc. (9) Chualas a nis iolach an t-sluaigh a fhuair a' chiad sealladh dhi. (10) Shéid an trombaid. (11) Ghlaodh am Morair le guth fearail, oscarach, "Bithibh deas, a chlanna nan Gàidheal!" (12) Shéid cóig-piobairean-deug an aon phort-fáilte. (13) Thàinig gach ad agus boineid a nuas. (14) Rèub na speuran leis an àrd-iolach. (15) Thugadh bratach Bhraid-Albann a nuas, agus chuireadh suas a' bhratach dhearg Rìoghail Bhreatannach, agus Mac-Dhùghaill Latharna 'na taice, le 'chlaidheamh rùisgte an tarraing. (16) Dh'fhosgail na gunnachan-móra an craos, agus loisg iad o gach cnoc. (17) Fhreagair mìle cnoc is glaic. (18) Ghiùlain Lloch-Tatha an fhuaim o cheàrn gu ceàrn, 's o thaobh gu taobh. (19) Chiteadh fiadh is earb, le 'n cròic-chabar, 'nan cruinn-leum a' dìreadh ri mullach nam beann; an coileach-dubh 's a' chearc-thomain air an sgéith; na maighich 's na coineanan 'nan geathadaich; agus am buar 's an earbuill air an guailleann. (20) Bha còisir-chiùil anns gach àite; agus cha robh ach aighear, is sòlas, is greadhnachas, is pailteas air gach llàimh ann am Braid-Albann.

#### THE QUEEN AT TAYMOUTH.—Continued.

(1) The Marquis's yachtsmen were present also, with white trousers and sailor hats encircled with gold bands. (2) The Breadalbane flag floated in the breeze, on the top of the castle; and two men of the Queen's Navy stood, one on either side of the flag-pole, ready to pull down the flag and put up the famous red ensign in its place, whenever the Queen came in sight. (3) A company of the fine Highland Regiment, the Gordon Highlanders, with some horsemen, were on the ground, and everything in order; not a word was heard, and every eye was fixed upon the gate by which the Queen was to enter. (4) The Marquis himself and the noblemen who were with him, might be seen moving backward and forward, dressed in kilt and bonnet, setting things to rights and putting all in order; and indeed well does the kilt become that well-formed, handsome nobleman. (5) It is said that his bonnet alone cost between £60 and £80.

(6) The Royal carriage was now seen approaching. (7) The horsemen leaped into their saddles, and every one, high and low, took his appointed place. (8) At half-past six in the evening She was within the park. (9) Now was heard the

cheering of the people who had caught the first sight of Her. (10) The trumpet sounded. (11) The Marquis called out in a loud and manly tone, "Sons of the Gael, be ready." (12) Fifteen pipers struck up one strain of welcome. (13) Every head was bared. (14) The sky rent with shouts of joy. (15) The Breadalbane flag was pulled down, and up went the Royal British ensign, supported by Macdougall of Lorn, with drawn sword. (16) The big guns opened their mouths and roared from every height. (17) A thousand hills and glens re-echoed the sound. (18) Loch Tay carried the thunder from place to place, and from shore to shore. (19) Stag and roe with their branching antlers might be seen bounding to the hill tops; black-cock and partridge were instantly on the wing; hares and rabbits went scudding off; and the sober cattle hoisted their tails and joined the general scurry. (20) Joy abounded on every side; and mirth, and pleasure, and pomp, and festivity filled Breadalbane from end to end.

## LESSON X.

### TAILLEAR DUBH NA TUAIGHE.

(1) Am measg nan còmh-strithean guineach nach b' ainneamh aig clanna Ghàidheal, is iomadh llatha fuileach agus deannal cruaidh a chuireadh air fraoch-bheanna gorman nan Garbh-chrìoch, air nach 'eil iomradh no ainm aig luchd-seanachais san linn so. (2) B' ann diubh so a' choinne gharbh-bhuilleach a thug na Camshronaich do Chlann-an-Tòisich aig bràigh Loch-iall.

(3) Bha Mac-an-Tòisich san àm sin ag agairt còir air fearann Mhic-Dhòmhnaill-Duibh, agus air tigh nan Camshronach a chur fo smachd. (4) Ghluais e le dà-chiad ceatharnach sgairteil, fo 'n armaibh, do 'n tìr Abraich. (5) Ghabh e air adhart troimh 'n dùthaich gun bhacadh, gus an do ràinig e ceann Loch-iall, far an do chaidil e fhéin agus a dhaoine. (6) Aig éirigh na gréine sa' mhadainn thog iad orra 'mach ri gualainn Beinn-an-t-Sneachda, gu tilleadh dhachaidh d' an tìr fhéin troimh thaobh Loch-Arcaig. (7) Cha b' fhada chaidh iad air an adhart gus am fac' iad Mac-Dhòmhnaill-Duibh le sè-fichead gaisgeach a' tighinn 'nan còmhdhail. (8) Thuig iad gu math nach bu chòmhdhail chàirdeil a bha air an aire, agus dheasaich gach fear e fhéin gu bàs-ghleachd. (9) Bha cothrom a' bhruthaich aig na Camshronaich, ach bha am barrachd sluaigh air taobh nan Tòiseach. (10) Sheas Mac-an-Tòisich agus a dhaoine air llèanaig leth-bhruthaich, mu mheadhon a' mhàim, agus cridhe gach fir air mhìre gu còmh-stri. (11) Mar bheum-sléibhe a' sguabadh a' gharbhlaich, bhual na Camshronaich g' an ionnsaidh, agus buaidh no bàs an gnùis gach seòid. (12) Léum na glas-lannan a truailleann, agus ghrad thruilleadh gorm-bhrat drùchdach a' bhlàir le fuil chraobhach nan llaoch borb. (13) Ach comharaichte os cionn gach treun-fhìr,



chìteadh ursann-chatha nan Camshronach, Tàillear Dubh na Tuaigne, le thuaigh bhàs-bhuillich a' sgathadh cheann is chorp mar chuisseagan rainich. (14) Gach taobh air an tionndadh e ghearradh e bealach troimh shreathan nan nnàimhdean. (15) A dh' aindeoin crùadal nan Catanach, cha b' urrainn doibh seasamh an aghaidh cath-chuthraic nan Camshronach. (16) Bhrùchd iad air an ais air gach taobh; agus ged rinn an ceannard treubhach na dh' fhaodadh e, chuireadh an ruaig orra. (17) Leis a' bhruthach dh' aom iad, agus na Camshronaich air an tòir. (18) Mu 'n cuairt ceann Loch-iall ghabh iad, agus llasachadh cha d' rinn iad gus an d' ràinig iad taobh Aird-Ghobhar, far an do sheas Mac-an-Tòisich Mór air mullach cloiche, an cladach na tràghad, d' an ainm fhathast "Clach Mhic-an-Tòisich," agus thug a dhaoine an t-ath-thilleadh orra mu 'n cuairt da. (19) Thòisich iomairt nan arm as ùr. (20) Le sàthainnean troma nan cruaidh-lann dh' fhàgadh iomadh fear fearail gun llùths. (21) Bha Mac-an-Tòisich Mór, le 'chladheamh-dà-làimhe a' cur gu bàs gach fir a thigeadh mar astar buille dha, gus an d' thàinig an Tàillear Dubh le 'thuaigh thoirbheartaich m' a choinne. (22) Tharraing e an claidheamh-mór le 'uile neart, a los an Tàillear a sgoltadh gu 'chruachainn; ach sheachain esan an ionnsaidh, agus le buille guineach o 'thuaigh choimhich, theóma, rèub e Mac-an-Tòisich. (23) Dhòmhlaidh a dhaoine mu 'n cuairt da gu 'thèarnadh o bhuillean nan nnàimhdean, gun chùram mu nì fo 'n ghréin ach dìoghaltas a thoirt a mach air son fuil an Cinn-chinnidh; ach a dh' aindeoin an treuntais agus an rùin, b' éiginn doibh a rithist an ruaig a ghabhail. (24) Thog iad an ceannard air an guaillean, agus ged a bha na Camshronaich 'gan sgath as gach taobh, ghiùlain iad e gu Bun Gharbhain, far an do chasadh an tòir cho teann orra 's nach robh dòigh air dol na b' fhaide.

#### THE BLACK TAILOR OF THE BATTLE-AXE.

(1) Among the sharp conflicts which were not infrequent among the Highland clans, there was many a bloody day and fierce encounter on the purple hills of the Wilds that are not recorded nor even mentioned by the historians of our time. (2) Of these was the hard-fought meeting between the Camerons and the Mackintoshes on the braes of Loch Eil. (3) Mackintosh was at this time claiming the right to the lands of Lochiel, and sought to put the house of Cameron under subjection. (4) With two hundred chosen champions he set out for the Lochaber country. (5) He proceeded through the district without interruption till he reached the head of Loch Eil, where he and his men passed the night. (6) At sunrise in the morning they struck across by the shoulder of Snowben, purposing to return to their own country by the side of Loch Arkaig. (7) They had not proceeded far when they saw Lochiel with a hundred and twenty warriors coming to meet them. (8) Well they knew that it was to be no friendly meeting, and every man prepared himself for a death-struggle. (9) The Camerons had the advantage of occupying the high ground, but the Mackintoshes were the more numerous body. (10) Mackintosh and his men

took their stand upon a smooth slope about the middle of the hill and every man's heart beat eager for the fray. (11) Like the avalanche that sweeps the mountain side, the Camerons rushed down upon them, and victory or death was in every face. (12) Swords leaped from scabbards, and soon the dewy green carpet under their feet was stained with the flowing heart-blood of the furious combatants. (13) But conspicuous above all the heroes might be seen the Cameron champion, the Black Tailor of the Battle-axe, with his death-dealing weapon, shearing heads and bodies like bracken stalks. (14) To whichever hand he turned he cut a gap through the ranks of the enemy. (15) Despite the firmness of the Cattan men, they could not stand against the battle-fury of the Camerons. (16) They fell back in a body on every side; and though their brave leader did his utmost, they were defeated. (17) Down the hill they retreated, with the Camerons in pursuit. (18) Round they fled by the head of Loch Eil, and never halted till they reached the side of Ardgor, where Mackintosh stood on a stone on the sea-shore, still called "Mackintosh's Stone," where his men rallied round him. (19) Once more the play of arms began. (20) The heavy thrusts of their steel blades laid many a brave man low. (21) The Mackintosh Chief, with his two-handed sword, cut down every man who came within reach of his blows, till the Black Tailor, with his peerless axe, stood face to face with him. (22) He drew his sword with all his might to cleave the Tailor to the haunches; but he evaded the stroke and with one fell stroke of his deft hatchet he wounded Mackintosh. (23) His man closed about him to succour him from the blows of the enemy, caring for nothing under the sun but to avenge their Chief; but in spite of their determination and their strength they had to retreat a second time. (24) Lifting their leader on their shoulders, though the Camerons were mowing them down on every side, they carried him to Garvan Mouth, where the pursuit became so close that they could go no farther.

## LESSON XI.

### TAILLEAR DUBH NA TUAIGHE.—*Continued.*

(1) Thionndaidh iad an treas uair air an lluchd-tòrachd, le llan rùn seasamh no tuiteam anns an àite 's an do stad iad. (2) Thòisich an gleachd bàsmhor le ùrachadh goimh. (3) Thuit a' chuid a bu mhò de Chlann-an-Tòisich air an raon. (4) Ghlacadh Mac-an-Tòisich Mór, agus a mhac; agus am beagan a bha beò de 'n daoine, sgap iad as a chéile. (5) Ach chuir an nnàimhdean guineach romhpa nach rachadh as dhiùbh fear a dh' innseadh sgeòil. (6) Dh' fhàg iad Mac-an-Tòisich agus a mhac fo chùram nam ban, agus air toir chàich ghabh iad. (7) Shìn iad orra a mach am monadh. (8) Bha an saighdean siùbhlach a' giùlan bàis gu fear is fear, gus an do ràinig iad mullach a' mhàim. (9) Bha a' ghrian a' cromadh san iar, agus sèimh-bhrat dubharach na h-oidhche a' sgaoileadh a sgàil' iarnaigh thar aghaidh shàmhach nan speur. (10) Bha eòin bhuchallach an t-sléibh gu caidreach, guamach, a' gabhail tàimh an còs nam bruach, agus ùdlaiche cabrach nam fàs-ghlac, fo dhubhar na daraig aosda, a' siabadh nan cuileag o 'bhian calgach, an uair a bhrìst an ruaig a steach air Cona-ghleann. (11) Bho òg-mhadainn an llatha shamhraidh, gu ciaradh nmoch an fheasgair, fosadh cha deachaidh air sonn san strìth; ach, mu dheireadh, bha ceum an treun-laoich a bu dìorrasaiche

a' dol am maillead san ruàig, agus shaoil na bha beò de na Catanaich nach rachteadh na b' fhaide air an tòir. (12) Chruinnich iad còmhla a chur seachad na h-oidhche ann an glaic uaignidh, air taobh Chona-ghlinn, d' an ainm Cùil-nan-Cuileag; ach is gann a ghabh iad gu fois an uair a bha an Tàillear Dubh le buidhinn de na Camshronaich air am muin. (13) Leum gach fear air a bhonnaibh, agus spìonadh gach glas-lann a duille; ach ged nach robh llaigse air an inntinn, bha an llùths air an tréigsinn. (14) Thuit iad far an do sheas iad, fo fhaobharan fuileach an lluchd-mòruin. (15) Cha d' fhàgadh beò de 'n dà-chiad gaisgeach a ghluais do 'n tìr Abraich, neach a bheireadh sgeul mu 'n déidhinn d' an dùth-aich fhéin.

(16) Thill Mac-Dhòmhnail-Duibh agus a dhaoine gu Bun Gharbhain far an d' fhàg iad Mac-an-Tòisich Mór 's a mhac. (17) Chuir iad an oidhche seachad san àite sin, agus air madainn an llà-ar-na-mhàireach rinn iad deas gu dol dachaidh; ach so far an robh a' chùis-iomagain do Mhac-Dhòmhnail-Duibh. (18) Is i nnighean Mhic-an-Tòisich a bha aige mar mhnaoi; agus ma 's fìor an ràdh, cha b' i an t-sòbhrach i. (19) Cha chuireadh gnùis nnàmhaid fo 'n ghréin athadh air; ach bha sgàth nach bu bheag air dol dachaidh gu 'mhnaoi, an déidh a cinneadh a sgrìos agus a h-athair is a bràthair a ghlacadh 'nam prìosanaich. (20) Cha b' e sin do 'n Tàillear Dhubh e; fireann no boireann bu choma dhàsan cò dhiùbh. (21) Air an aobhar sin chuireadh air falbh e roimh chach do dh' Achadh-na-Cairidh, a dh' innseadh do 'n bhaintighearna mar a thachair (22) Ràinig e am baile gu h-uallach, suigeartach; agus air dha bualadh aig dorus an tighe, dh' fhosgladh dhà e leis a' bhaintighearna i fhéin. (23) Dh' fhàiltich i gu fialaidh, fuaranach e, agus dh' fhaighneachd i ciod a bu naidheachd dba. (24) Fhreagair e gu suilbhir gun robh naidheachd mhath—*gun robh bian eòit an dìugh air plang, agus rogha 's taghadh air peighinn.* (25) Dh' atharraich a gnùis air cluinntinn a sgeòil, ach chun i oirre fhéin, agus thuit i, “Thig a nìos, a Thàilleir, agus fàg do thuagh shìos.”

(26) “Far am bi mi fhéin bidh mo thuagh.” ars' an Tàillear.

(27) Thuig i nach rachadh aice air a fearg a chaitheadh air an Tàillear; agus le teum cuthaich rug i air a lleanabh fhéin, agus thilg i ann an teis-meadhoin na grìosaich e. (28) Thug an Tàilleir duibh-leum far an robh i, 's a thuagh 'na làimh; agus le sgairt uamhasaich ghlaodh e, “A bhean a rug an lleanabh, tog an lleanabh!”

(29) Chuir colg agu coltas an lhaoidh crith oirre. (30) Bu bhuidhe leatha an lleanabh a ghrad theannachdadh, agus a bhith réidh ris an Tàillear, agus an d' thàinig Mac-Dhòmhnaille-Duibh agus a dhaoine dachaidh. (31) Chumadh Mac-an-Tòisich Mór agus a mhac an Achadh-na-Cairidh agus an robh an lleòin air lligheas; ach mu 'n d' fhuair iad dol a rithist d' an dùthaich fhéin, thug Mac-an-Tòisich còir sgrìobhte o 'làimh do Mhac-Dhòmhnaille-Duibh air oighreachd Loch-abar, a shealbh-aich a shliochd o 'n uair sin.

THE BLACK TAILOR—Continued.

(1) They turned for the third time upon their assailants, fully determined to stand or fall upon the spot. (2) The deadly strife began once more with renewed ferocity. (3) The greater number of the Mackintoshes fell upon the field. (4) The Mackintosh Chief and his son were taken; and the few of their men who survived were scattered asunder. (5) But their ruthless enemies resolved that none of them should escape to tell the tale. (6) They left Mackintosh and his son to the care of the women, and set off after the others. (7) They pressed upon them across the moor. (8) Their fleet arrows carried death to man after man till they reached the top of the hill. (9) The sun was sinking in the west, and the soft and dusky curtains of night were spreading their gloomy shades over the face of the sky. (10) The winged denizens of the moor were fondly and warmly resting under shelter of the banks, and the antlered monarch of the wild stood under the shadow of the ancient oak shaking the flies from his tawny hide, as the rout broke in upon Cona Glen. (11) From the golden dawn of the summer day till darker night, no rest found hero in the strife; but at last the step of the most obstinate became fainter in the flight; and as many as were still alive of the Cattans thought that their pursuers would come no further. (12) They meant to pass the night in a shady hollow at the side of Cona Glen, called the Nook of the Flies; but they had scarcely lain down to rest when the Black Tailor and a party of the Camerons were again upon them. (13) Every man sprang to his feet, and every sword leaped from its scabbard; but though their spirit was unflagging, their strength was gone. (14) They fell where they stood, under the blood-thirsty blades of their enemies. (15) Of the two hundred heroes who had set out for the Lochaber country, there was left alive not one man to carry home the story of their fate.

(16) Lochiel and his men returned to Garvan Mouth, where they had left the Mackintosh Chief and his son. (17) They passed the night in that place, and on the morrow they made ready to return home; but here Lochiel's perplexity began. (18) His wife was a daughter of Mackintosh; and if all tales be true, she was no gentle floweret. (19) He would flinch from no enemy under the sun; but it was with no slight misgiving he thought of going home to his wife, after destroying her kindred and making prisoners of her father and her brother. (20) But the Black Tailor had no such qualms; for male or female he cared nothing. (21) Consequently he was despatched in advance to Achnacarry, to carry the tidings to her ladyship. (22) He arrived at the mansion in his airiest, jauntiest mood; and knocking at the door it was opened by the lady herself. (23) She welcomed him warmly and heartily, and inquired his news. (24) He answered her pleasantly that his news was good news—that a *cat's skin might be had that day for a plack, and the choicest and best for a penny.* (25) Her aspect changed on hearing this, but repressing her feelings, she said, "Come forward, Tailor, but leave behind your battle-axe."

(26) "Where I go myself my axe must follow," said the Tailor.

(27) She knew that her rage would be spent in vain upon the Tailor; and with one wild swoop she lifted her own child and dashed it in the fire. (28) The Tailor made a furious bound towards her, with axe in hand; and with a terrific shout he said, "Woman, who bore the child, take up the child!"

(29) His fury and his aspect made her tremble. (30) She was glad to succour the child, instantly, and to make peace with the Tailor, till Lochiel and his men came home. (31) The Mackintosh Chief and his son were left at Achnacarry till their wounds were healed; but ere they returned again to their own country, Mackintosh gave over to Lochiel under written title the estate of Lochaber, which his descendants have held in possession from that hour.

## SPECIFIC READINGS.

### I.

#### SGEUL MU CHOIRE-NA-SITHE.

Thachair dhomh 'bhith a' siubhal, o chionn beagan bhliadhnaichean, troimh Gharbh-chrìochan na Gàidhealtachd, troimh mhonaidhean fiadhaich, far nach robh aon rathad, an uair a thuit domh, air feasgar samhraidh, 'bhith air mo chuirteachadh ann an ceò dùmhail, an uair a bha mi a' gabhail ath-ghoirid thairis air guala beinne cho àrd 's a bha san dùthaich. Mar bha àgh orm, bha fear-cuartachaidh nan crìochan farsaing sin maille rium san àm, a thug mi leam gu m' sheòladh gu bearradh àrd, as am faicinn sealladh air a' ghleann chum an robh mi a' dol. Fada mu 'n d' ràinig sinn am bearradh so, thuit an ceò cho dùmhail 's gum b' amaideach smuaineachadh dol na b' fhaide air ar n-aghaidh. Bha Eachann Ruadh Saighdear, a bha maille rium, 'na dhuine tuigseach; bha e fada san arm; chuir e suas an còta-dearg fo 'n Cheannard urramach sin, Ailein-an-Earrachd. Bha e maille ris ann an iomadh cath cruaidh, agus b' fhiach e éisdeachd gach sgeul a bha aige mu gach sealladh déisinn each a chunnaig e. An uair a thuig e nach robh e tèarainte imeachd na b' fhaide air bile nan sgàirneach a bha fodhainn, thredraich e mi gu bun na frithe, far an robh ionad dìonach anns am faodamaid fuireach gu madainn. An uair a bha sinn a' tèarnadh, dh' fheòraich mi dheth an robh na creagan a bha 'na bheachd fada uainn. "Tha creagan gu leòir far a bheil sinn, agus tha uaimh fhasgach goirid o 'n àite so," ars' esan; "ach 's coma leam iad; tha e cho math dhuinn an seachnadh. Is e so," thuirt esan, ann an guth ìosal, mar gum biodh e a' cagarsaich am chluais, "Is e so Coire-na-Sithe; agus, a dh'innseadh na firinn, b' fheàrr leam a bhith fliuch leis a' cheò, na fasgadh 'iarraidh anns na h-àiteachan grannda sin." "Chan fhaod e 'bhith," thuirt mi ris, "gu bheil thusa, Eachainn, a' creidsinn a leithid sin de dh' amaideachd; gun teagamh chan 'eil thu ach ri feala-dhà." "Feala-dhà ann no as," thuirt esan, "is coma leam iad; mar thuirt an seann duine, 'Fhad 's a dh' fhuiricheas

an t-olc uainn fuiricheamaid uaith.' Thig air d' adhart; tha sinn dlùth do dh' Uaimh-na-h-Ochanaich; ach beannachd 'nan siubhal 's 'nan imeachd, 's i an nochd Di-h-aoine, agus cha chluinn iad sinn."

Thug mi air seasamh car tamaill, is thòisich mi air cur an céill da faoineachd a leithid sin de smuaintean. Chual' e mi gu deireadh, gun stad a chur air mo sheanachas; ach a' socrachadh a bhreacain thar a ghualainn, 's a' toirt sgrogaidh a nuas air a bhoineid, ghreimich e na bu tinne am bata bha na 'làimh, agus thug e ceum air 'aghaidh, ag ràdh, "Bi bruidhinn an dràsta, éisdidh mi riut am màireach; gabhamaid seachad air an àm; chan àite so gu móran seanachais a labhairt."—"Dean stad, Eachainn," thuirt mi ris; "tha mi a' cur romham an oidhche 'chur seachad ann an Uaimh-na-h-Ochanaich; fuirich leam, 's na fàg mi. Ach ma tha eagal ort."—"Eagal!" ars' Eachann, 's e a' tionndadh air a shàil; "bi air d' earalas, a dhuine chòir, agus tagh do chainnt; ged nach tig dhòmhsa a ràdh, is tu fhéin a' chiad fhear a chuir eagal as mo leth." "Tha mi ag iarraidh maitheanas," thuift mi ris; "thig leam do 'n uaimh, agus feuchaidh sinn ciod a th' agad ann an lùib do bhreacain, is ni sinn réite." "Théid mi leat," ars' an saighdear còir, "agus fuirichidh mi leat, ged a bhiodh e làn de na Frangaich, gun teachd air na creutairean leibideach, faoin sin, nach 'eil, ma dh' fhaodteadh, ann idir, ged tha 'leithid de sheanachas mu 'n timcheall."

Bha sinn a nis aig beul na h-uamha, agus sheas Eachann Ruadh. "Sin i agad a nis," thuirt e; "agus urram na h-uaisle do 'n choigreach, gabh air d' adhart." Chaidh sinn a steach fo dhion, agus shuidh sinn air a' chiad chloich chothromaich a fhuaire sinn. Cha robh mo chompanach ro dheònach air móran cainnte; bha e a' sgioblachadh a bhreacain, an uair a ghrad thog e a cheann mar gum buaileadh peileir e. "Ciod e so?" thuirt e, 's e a' farcluais; "mur creid thu mise, creid do chluasan." Thàinig a nuas oirnn sa' cheart àm sin ceòl tiamhaidh, binn, nach d' fhiosraich mi éisdeachd r' a leithid riamh roimhe; agus bha dearbh fhios agam nach b' ann o aon inneal-ciùil a b' aithne dhomh a thàinig e. Chan fhaodadh so gun mhór ìoghnadh a chur oirnn. Bha an oidhche dorcha; bha an t-àite ùdlaidh, uaigneach; bha sinn fada o thigheadas dhaoine, am measg garbhach chreag, ann an coire fiadhaich. Eagal cha robh orm, oir bha mi làn-chinnteach gum bu cheòl saoghalta a bha ann, agus chur mi romham, na 'm b' urrainn

domh, 'fhaotainn a mach cia as a thàinig e. "An téid thu suas leam, Eachainn?" "Théid," ars' esan, agus e a' cur seachad na bha e a' toirt as a bhreacan; "is minic a thachair e mar so fhéin, eadar am bile 's an deoch. Shaoilinn gum biodh e cho math fuireach gu madainn; ach cuimhnich, 'Am fear a théid san dris, gun iomair e teachd as mar a dh'fhaodas e.'" Ghabh sinn suas, am feadh a bha an ceòl a' sior fhàs na b' àirde. Fa-dheireadh thainig léus soluis oirnn; sheas Eachann beagan air deireadh, 's an uair a chaidh mi timcheall stùc creige, chunnaig mi sealladh nach teid gu luath as m' aire. Dh'fhan mo chompanach far an robh e, theagamh a' smuaineachadh gum faca mi tuilleadh 's a bu mhiann leam. Bha lasair chridheil theine aig ceann shuas na h-uamha, o ghiuthas seachdta a bha pailt mu 'n àite; agus 'na shuidhe aig an teine bha leth sheann duine làidir, colgarra; currac àrd, molach, air a cheann, anns an robh dos de dh'ite an fhèin, agus a chóm uile air a' chòmhdachadh le biana fhiadh agus earb. Bha làn shealladh agamsa air-san, ged nach b' urrainn dèsan mise 'fhaicinn. Bha e 'cluiche gu sùrdail air dà thruimb mhóir Abraich, a bha air an dèanamh san àm sin gu h-ealanta, dlùth do sheana Chaisteal Dubh Inbhir-Lòchaidh. An crochadh ris gach mèur d' a lamhan, bha clag beag airgid, a rinn fuaim anabarrach binn, agus o'n do thàrmaich a' cho-sheirm a chuir mo chompanach fo eagal cho mór. "Thig air d' adhart," thuirt mi gu sàmhach ri Eachann. "A bheil iad an sin?" thuirt e. "A bheil iad a' dannsadh san t-solus, no ri fleadhachas-cuirme?" Dhlùthaich e gu sgàthach ri m' thaobh, agus air dha a' chiad phlathadh 'fhaicinn de 'n fhear-chiùil, thug e sitheadh seachad orm, a' glaothaich a mach le aighear nach b' urrainn da a cheannsachadh, "Iain Mhóir nan Creag, an tusa tha 'n so? Mo bheannachd air do cheann molach; is mi a tha toilichte d' fhaicinn!"

Dh' éirich Iain bochd, agus chuir e fàilte oirnn, a' tilgeil tuilleadh mhaidean air an teine. Shuidh sinn mu 'n cuairt air a' chagailt; agus dh' aidich Eachann còir, oir cealg cha robh na 'chóm, nach b' urrainn da gu bràth a bhith cho taingeil 's a bhuineadh dha, air son nach d' fhuair e cead tilleadh, mar bha rùn air, an uair a chual' e an ceòl. "Is iomadh sgeul, thuirt e, "a chuala mi riamh mu Choire-na-Sithe; 's na 'm bithinn an nochd air tilleadh gun so 'fhaicinn, bha mo sgèula fhéin chum an dearbhadh. Cha tugadh am ministear fhéin orm a chreidsinn nach robh na daoine-beaga ann an Uaimh-na-h-Ochanaich."

Dh' fheòraich mi dheth an robh da-rìreadh eagal air? "Eagal!" thuirt esan, agus e a' suathadh air falbh an fhallais fhuair a bha fhathast air a ghnuis; "air nàile bha, 's gu leòir dheth; barrachd 's a bha riamh orm a' dol sìos do 'n bhàr le Ailein-an-Earrachd; ach ma bhà cha bhì tuilleadh mu 'n ghnothach cheudna."

Tha so a' leigeil ris duinn cia co faoin an nì o 'n éirich seanachas dùthcha mu nì bha iad gnàthaichte a chreidsinn: agus na 'n rannsaicheadh daoine gu mionaideach mu 'thimcheall, thuigeadh iad gur e bha ann, an àite a bhith na 'chùis-eagail, culaidh-àbhacais agus fearas-chuideachd.

Fhuair mi mach o Eachann eachdraidh an duine bhochd so a bha 's an uaimh. Bu neò-dhuine gun mhath gun mhilleadh e, a nuas o 'òige. Ged a bha e gun mhóran toinise no tuigse, bha e 'na sheòl fhéin fo chàileigin de mheas anns an dùthaich. Bha e eòlach air aisridh chumhang an fhéidh 's na h-earba, agus b' e 'thoileachas-inntinn an fhaoghaid a leantainn le òigridh na tire. Cha robh bearradh, no bealach, no aithghearradh troimh mhonadh, no beul-àtha air abhainn, no càrn, no garaidh, air nach robh e mion eòlach. Rè an t-samhraidh b' i uaimh nan creag a chòmhnuidh; ghluais e o àirigh gu àirigh, 's cha deachaidh e riamh air falbh falamh o aon diùbh. Cha bhiodh e gun lòn fhad 's a bhiodh dearc air tom, meas no cnothan ann an coille; chan fhàilnicheadh a leaba am feadh a gheabhadh e fraoch badanach, gorm, a' fàs gu dosrach anns gach àite; agus mar thuirt e fhéin, bha a chuid tromb soirbh r' an gleusadh. Bha a dhachaidh anns gach àite far an laigheadh a' ghrian air; agus còmhla cha do dhruideadh riamh air. Cha robh a mhàileid doirbh r' a giùlan, cha robh innte ach a' chlach-theine agus am fadadh-spuinge; sgian-dubh a dh' fhionnadh nam fiadh; ribe a ghlacadh an fhèin, agus cromag iarainn a lùbadh nan gèug. Ach ma bha an duine bochd so air bheag eòlais, bu taitneach r' a fhaicinn an t-saothair a ghabh a phàrantan ris ann an làithean oige. Ghabh e dhuinn móran de laoidhean agus de dhànaibh naomha; rinn e so le uiread chràbhaidh, agus air dòigh a bu stòlda na iomadh fear a b' fhaide leughadh. Sheinn e iad le fonn tiamhaidh, muladach, is e ri turaman air 'ais agus air 'aghaidh, a ràinig mo chridhe. Mu 'n do leag e a thaobh ri làr, dh' earb e e fhéin ri Dia. "Allabanaich bhochd," thuirt mi rium fhéin, "caidil gu tèaruinte; gabhaidh Dia cùram dhìot. Truagh 's mar tha thu ann am beachd an t-saoghail, tha thu cho prìseil 'na shealladh-



san ris an rìgh is mò air thalamh. Is lìonmhor iad a tha air an oidhche nochd air an dìteadh leat, d' an d' thug Dia tuigse, fiosrachadh, agus fòghlum, a tha a' laighe sìos air an leap-achean rìomhach, gun suim dàsan a tha os an cionn, o bheil iad a' sealbhachadh gach beannachd."

## II.

## LITIR O FHIONNLACH PÌOBAIRE G' A MHAOL.

A MHAIRI, A GHRAIDH,—Is bliadhna leam gach là o 'n a dhealaich mi riut fhéin agus ris na pàisdean. Tha mi an dràst ann an Glaschu mór nan stìopall, baile na gleadhraich. O nach robh mi aon uair eile am shineadh air bruach na h-aibhne, far nach cluinninn ach torman nan allt, bàirich nam bó, agus ceileireadh nan èun. Tha mi nis, mar a gheall mi, dol a dh' innseadh dhuit mar fhuair mi a mach.

Tha cuimhn' agad fhéin mar a dhealaich sinn. Thog mi orm le bocsa na pìoba gu beul a' chaolais. Is ann an sin a bha 'n othail—Marsali Mhór agus na buanaichean a bha leatha cho aoibhinn, aighearach, 's ged nach biodh iad ach a' dol do 'n choille-chnò. Cò bha am broilleach na cuideachd ach Pàra Mór, le 'fhéile-beag 's le 'bhoineid, mar a b' àbhaist da; cuaille de bhata daraich na 'laimh, agus màileid de bhian gaibhre air a-dhruim. "Fàilt' ort, Fhionnlaigh Phìobaire," ars' esan; "gum meal thu do bhrìgis." "Ma-tà," arsa mise, "tubaist oirre! Is i so a' chiad uair a chuir mi orm i. Na 'm fuirgheadh i shuas cha bu ghearan e; ach tha mi cheana cho sgìth dhith 's a bha dà-bhliadhnach eich de 'n ghad, a' chiad oidhche a chuireadh air e." A mach ghabh sinn an coinne soitheach-na-smùide, "A' Mhaighdean-Mhorairneach," mar their iad rithe. Bha i 'teannadh oirnn o Mhuile, a' cur na smùid di. "Tha i so a' tighinn," arsa Pàra Mór, "an aigeannach mhaol, ghrànnda, le 'gleadhraich, 's le 'h-ùpraid; cha b' òghnadh leam ach 'A' Mhaighdean' a radh rithe; b' i sin a' mhaighdean gun mhodh, gun eisimeil." Tharraing i oirnn le caoiribh bàna fo a sròin; a' slachdraich agus a' sloistreadh na fairge foipe, a bha ag éirigh 'na h-iomairean bàna, còbhragach, a nunn gu Aros. Thàinig i a nuas oirnn a' bagradh ar smàladh fo a cuibhlichean. Fa-dheireadh stad a' bhéist; agus cha luaith' a stad na cuibhlichean a dhol mu 'n cuairt na thug feadan fada, caol, a bha suas ri taobh an t-simileir mhóir, aon ràn as, a shaoil mi a sgàineadh mo cheann. Is ann an sin a bha an ùnich agus an

othail, an dol ri cliathaich na luinge—a h-uile bèul fosgailte san aon àm; gun urram fir d' a' chéile. Ma 's i Marsali Mhór, thug i mach a' Bheurla sin nach do chleachd i o'n a bha i an uraidh air a' Ghalldachd. Có ach ise! Bha Bheurla 's a' Ghàidhlig am measg a' chéile. "Dean fodha," ars' an dara h-aon. "Nach iomair thu, mhic do mhàthar!" ars' an t-aon eile. "A stigh an ràmh-bràghad shuas; buille g' a deireadh shìos; na dèan thusa, Iain Bhàin." "'Cannie, cannie,' 'illean," arsa Marsali Mhór. "Gu réidh!" ars' a h-uile h-aon. Mur bhí mo nàire, 's mar bha mi ceangailte sa' bhrigis, bha mi mach a shnàmh gu tìr. Fa-dheireadh thàinig ball cainbe le fead m' ar cluasan, agus ghlaodh nach neach, "Cùm air gu gramail, Iain Bhàin." Thug a' gheòla aon sàthadh aisde nunn gu taobh na luinge agus shaoil mi gun robh sinn thairis. Fhuair mi suas, ach chan fhios domh cionnas; agus cha mhò bha fhios agam c' àit an tionndaidhinn.

"Tha thu an sin, Fhionnlaigh," arsa Pàra Mór, "'mar bhó mhaoil am buaile choimhich.' Thig leam a dh' amharc mionach na Maighdinn so fhéin, a dh' fheuchainn an tuig sinn mar tha 'bheairt innleachdach ag iomairt." Ach ma chaidh, is aun an sin, a Mhàiri, a bha am fire-faire—sailthean iarainn agus slatan a' gluasad a nunn agus a nall, a sìos agus a suas, air an ais agus air an adhart, gun tàmh, gun stad; cnagan agus gòbhlán, agus eagan a' freagairt d' a cheile; cuibhlichean beaga 'nan dean ruith mu na cuibhlichean móra. Bha duine truagh shìos am measg na h-acfhainn, a' cur na smùid deth, far nach saoilleadh tu am b' urrainn do luch dol gun a milleadh; ach bha esan a' gluasad air feadh na h-ùpraid cho neo-sgàthach 's a rachadh Pàra Mór no mise am measg nan caorach—ag armadh gach acfhainn, achlais, udalain, agus feadain, le h-ola agus le h-ìm. "A dhuine thruaigh," arsa Pàra Mór, "is ann agam nach 'cil sùil ri d' àite; is daor a tha thu a' cosnadh d' arain." "C'ar-son?" ars' esan, agus e a' tionndadh suas a shùl, a bha a' snàmh ann am fallas. Ged a labhradh a' ghèimhleag iarainn a bha na làimh cha b' urrainn duinn barrachd ìoghnaidh a bhith oirnn na an uair a chuala sinn an duine so a' labhairt na Gàidhlig. "Nach do shaoil mi," arsa Pàra Mór, "gur Sasunnach, no Eireannach, no Gall bochd a bh' ann." Thàinig e nìos a' siabadh an fhallais o' ghnuis le bad còrcaich a bha 'na làimh, agus thòisich e air beachd a thoirt duinn air an acfhainn. Ach, eudail, b' e sin an fhaoineis. "An saoil thusa, Phàra Mhóir," arsa mise, "nach ann sa' cheann a smaointich an toiseach air

so a bha an ìnleachd?" "Coma leam e fhéin is 'ìnleachd!" arsa Pàra Mór; "is mi-nàdurra, peacach, an ìnleachd so fhéin—a' cur sruth agus soirbheas an Fhreasdail g' an dùlan, a' dol 'nan aghaidh gun seòl, gun ràmh. Coma leam i!—chan 'eil an ìnleachd so cneasda. B' fheàrr leam a bnith ann an geòla dhubh Acha-na-creige—Eóghan-an-Rudha air an stiùir—a' ruith le croinn rùisgte troimh Bhuinne-nam-biodaig, na a bhith ìnnte. Tha mi ag radh riut nach 'eil an ìnleachd so cneasda."

An uair a bha sinn a nunn gu ceann Mhùsdail chuala mi fhéin sgàl pioba air mo chùl, agus air dhomh tionndadh có a bha an so ach balach ronnach de mhuintir Thir-idhe, a' gléusadh a phioba fhad 's a bheireadh duin' eile cuairt aisde. "Ma-tà," arsa Pàra mór, "'Is ceannach air an ugh an gloc.' Ciamar tha so a' còrdadh riut, Fhionnlaigh?" "'Is searbh a' ghlòir,'" thuirt mise, "'nach fhaodar éisdeachd.'" Chluich e, fa-dheireadh, "Bodach nam Brigisean," agus mu 'n do sguir e dheth bha mi cho sgèith dhe fhéin agus d' a cheòl 's a bha mi de 'n bhrigis lachdainn.

Có a bha an deireadh na luinge ach Alasdair Ruadh Mac-Iain-Abraich, Tighearna Chola. Mhothaich e dhomh fhéin, agus smèid e orm. Cha robh math a dhiùltadh. Bha móran uaislean shìos leis air clàr-deiridh na luinge—Sasunnaich, Goill, agus Frangaich—cuid diùbh a' leughadh; cuid 'nan cadal; cuid a' mèananaich; cuid ag itheadh. Bha fear dhiubh le glòin'-amhaire fhada, rìomhaich, r' a shùil, mar gum biodh e a' dol a losgadh air Caisteal Dubhairt. Mhothaich mi fear fada, caol, glas-neulach, le speuclair air a shròin, agus bioran ruadh 'na làimh, leis an robh e a' tarraing dealbh a' Chaisteil. Bha baintighearna mhór, rìomhach, 'nam measg, agus measan leibideach de chù beag, molach, 'na h-uchd, ris an robh i a' brìodal, agus 'ga phògadh. Thug mi fhéin a mach a' phìob mar a dh' iarr iad; ach a' chiad sgàl a thug i, theich gach aon diubh ach aon Sasunnach mór, reamhar, a shuidh mu m' choinne le 'dhà mhèur 'na chluasan, agus sgraing air mar gum bithinn a' dol g' a itheadh.

Ma bha ceòl am measg nan uaislean bha ceòl agus dannsadh an ceann eile na luinge. Ach an uair a bha sinn a' dol sìos gu Eisdeal "chaidh an ceòl feadh na fìdhle." Bha an fhairge na 'mill agus na 'gleanntan. Thòisich soitheach-na-smùide fhéin rì dannsadh. Cha robh ràn a bheireadh am feadan nòr as nach saoiladh tu gun robh muc-mhara r' a cliathaich. Cha chluinn-eadh tu a nis ach osnaidhean o gach àite. Bha an Sasunnach

mór a bha a' fo-chaid air a' phìob agus a cheann thar beul-mór na luinge, an impis sgàineadh. "An tuilleadh teannaidh ort!" arsa mise; "nìor-thaing mur 'eil pluic pìobaire nis ort fhéin." Ràinig sinn an Crìonan. "Is prìseil," arsa Pàra Mór, "a' chas air tìr"—a' chiad fhacal a thàinig as a cheann o'n a chaidh sinn seachad air Bèul Loch-Faochann.

An là-ar-na-mhàireach ràinig sinn Glaschu, aig àite ris an abair iad am 'Broomielaw.' B' e sin ceidhe na h-ùpraid—luingis-na-smùide a' falbh agus a' teachd làn sluaigh; mar gum biodh an saoghal a' dol do Ghlaschu agus an saoghal a' teicheadh as. Bho nach d' fhàs mi bodhar leis a' ghleadhraich a bha am chluasan, cha chùram leam gun cail mi mo chlaisteachd tuilleadh. Bha sreath dhaoine air an tarraing suas fa-chomhair nan soithichean, le ball cainbe mu ghuala gach aoin diùbh, agus bràiste riomhach a' r' uchd. Bha iad so a' smèideadh oirnn mar a bha sinn a' dol gu tìr, a h-uile bèul fosgailte mar gum biodh iad a' cur fàilt' oirnn; gach làmh sìnte, agus gach sùil siùbhlach mar gum biodh iad ag iarraidh luchd-eòlais. Bha aon fhear gu h-àraidh, a shocraich a shùil orm fhéin, agus air dhomh amharo air gu geur a dh' fheuch an cuimhnichinn có e, chuir e a làmh r' a aid, agus chrom e a cheann cho modhail, shìobhalta, 's nach b' urrainn domh gun an fhàilt' a fhreagairt. Ann am priobadh na sùla bha e air clàr na luinge, agus thog e leis bocsa mo phìoba agus màileid Phàra Mhóir, cho èasgaidh 's a ghlacadh Gàidseir Thobar-Mhoire buideal uisge-bheatha, gun chuireadh, gun chead. "Air d' athais," arsa Pàra Mór; "an cuala tu riamh, mo ghille math, mar a thuirt clag Sgàin, 'An rud nach buin duit na buin dà'?" "Leanaibh mise, a dhaoine-uaisle," ars' an duine, agus e a' falbh ceum romhainn. "Is ann sa' bhaile-mhór fhéin," thuirt mise, "a tha am modh. Is fhad o'n a chuala mi gum bi 'gille aig an fheannaig fhéin a's t-fhoghar.'" Dh' iarr sinn air ar toirt gu tigh Eóghain Oig, far an do rinn iad ar beatha gu cridheil.

Slan leat, a Mhàiri, a ghràidh, air an àm. Cuiridh mi litir eile ad ionnsaidh ann an uine ghoirid, an uair a gheabh mi cosnadh. Chan 'eil thu fhéin agus na pàisdean tiota as mo chuimhne. O bi furachair mu Lachann beag, mo chuilean gaolach.

Am Freasdal a bhith maille riut—guidhe dùrachdach  
D' fhir-phòsda ghràdhaich,

FIONNLACH MAC-AONGHAIS.

## III.

## MURCHADH AGUS MIONACHAG.

Chaidh Murchadh agus Mionachag do 'n choille aon là a bhuaibh subh; ach mar a bhuaineadh Murchadh dh'itheadh Mionachag. Dh' fhalbh Murchadh a dh' iarraidh slat a ghabhail air Mionachaig 's i ag itheadh a chuid subh. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" ars' an t-slat. "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

"Chan fhaigh thu mise," ars' an t-slat, "gus am faigh thu tuagh a bhuaineas mi." Ràinig e an tuagh. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Tuagh a bhuaibh slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

"Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu clach a bhleitheas mi." Ràinig e a' chlach. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaibh slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

"Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu uisge a fhliuchas mi." Ràinig e an t-uisge. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Uisge 'dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaibh slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

"Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu fiadh a shnàmhas mi." Ràinig e am fiadh. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Fiadh a shnàmh uisg'—uisge 'dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaibh slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

“Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu gadhar a ruitheas mi.” Ràinig e an gadhar. “Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?” “Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Gadhar a ruith féidh—fiadh a shnámh uisg’—uisge ’dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaín slait—slat a ghabhail air Mionachaig ’s i ’g itheadh mo chuid subh.”

“Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu ìm a theid ri m’ chasan.” Ràinig e an t-ìm. “Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?” “Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Ìm a dhol ri casan gadhair—gadhar a ruith féidh—fiadh a shnámh uisg’—uisge ’dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaín slait—slat a ghabhail air Mionachaig ’s i ’g itheadh mo chuid subh ’

“Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu luch a sgrìobhas mi.” Ràinig e an luch. “Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?” “Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Luch a sgrìobadh ime—ìm a dhol ri casan gadhair gadhar a ruith féidh—fiadh a shnámh uisg’—uisge ’dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaín slait—slat a ghabhail air Mionachaig ’s i ’g itheadh mo chuid subh.”

“Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu cat a shealgas mi.” Ràinig e an cat. “Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?” “Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Cat a shealg luch a—luch a sgrìobadh ime—ìm a dhol ri casan gadhair—gadhar a ruith féidh—fiadh a shnámh uisg’—uisge ’dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaín slait—slat a ghabhail air Mionachaig ’s i ’g itheadh mo chuid subh.”

“Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu bainne dhomh.” Ràinig e a’ bhó. “Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?” “Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Bainne do ’n chat—cat a shealg luch a—luch a sgrìobadh ime—ìm a dhol ri casan gadhair—gadhar a ruith féidh—fiadh a shnámh uisg’—uisge ’dhol mu

chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaib slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

"Chan fhaigh thu bainne uamsa gus am faigh thu boitean o'n ghille-shabhail domh." Ràinig e an gille-sabhail. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Boitein do 'n bhó—bainne do 'n chat—cat a shealg luch a sgrìobadh ime—ìm a dhol ri casan gadhair—gadhar a ruith féidh—fiadh a shnàmh uisg'—uisge 'dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaib slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

Chan fhaigh thu boitean uamsa gus am faigh thu bonnach o'n bhean-fhuine dhomh." Ràinig e a' bhean-fhuine. "Dé do naidheachd an diugh, a Mhurchaidh?" "Is e mo naidheachd gu bheil mi ag iarraidh—

Bonnaich do 'n ghille-shabhail—boitein do 'n bhó—bainne do 'n chat—cat a shealg luch a sgrìobadh ime—ìm a dol ri casan gadhair—gadhar a ruith féidh—fiadh a shnàmh uisg'—uisge 'dhol mu chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaib slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid subh."

"Chan fhaigh thu bonnach uamsa gus an toir thu stigh uisg' a dh' fhuineas e."

"Cò ann a bheir mi stigh an t-uisge?"

"Chan 'eil soitheach ann ach an criathar-cabhrach sin."

Thug Murchadh leis an criathar-cabhrach, agus ràinig e an tobar; ach a h-uile deur a chuireadh e sa' chriathar-cabhrach rachadh e troimhe. Thainig feannag os a chionn agus ghlaodh i, "Gòrag, gòrag!"

"Tha thu ceart, fheannag," arsa Murchadh.

"Crè ruadh 's còinneach—crè ruadh 's còinneach," thuirt an fheannag.

Chuir Murchadh crè ruadh agus còinneach anns a' chriathar; thug e stigh an t-uisge do 'n bhean-fhuine, agus fhuair e—

Bonnach do 'n ghille-shabhail—boitean do 'n bhó—bainne do 'n chat—cat a shealg luch a

sgrìobadh ime—im a dhol ri casan gadhair—gadhar  
 a ruith féidh—fiadh a shnámh uisg'—uisge 'dhol mu  
 chloich—clach a bhleith tuaigh—tuagh a bhuaibh  
 slait—slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh  
 a chuid subh,

Ach an uair a thill Murchadh bha Mionachag an déidh  
 sgàineadh.

## IV.

## CEAD DEIREANNACH NAM BEANN.

Bha mi 'n dé 'm Beinn-dòrain,  
 'S 'na còir cha robh mi aineolach ;  
 Chunna mi na gleanntan,  
 'S na beanntaichean a b' aithne dhomh.  
 B' e sin an sealladh éibhinn,  
 Bhith 'g imeachd air na sléibh-tean,  
 Nuair bhiodh a' ghrian ag éirigh,  
 'S a bhiodh na féidh a' langanaich.

B' aobhach a' ghreigh uallach,  
 Nuair ghluaiseadh iad gu farumach,  
 'S na h-éildean air an fhuaran ;  
 Bu chuannar na laoigh bhallach ann ;  
 Na maoislichean 's na ruadh-bhuic,  
 Na coilich dhubha 's ruadha ;  
 'S e 'n ceòl bu bhinne chualas  
 Nuair chluinnt' am fuaim sa' chamhanaich.

'S togarrach a dh' fhalbhainn  
 Gu sealgaireachd nam bealaichean,  
 'Dol moch a dhìreadh garbhlaich,  
 'S gum b' anmoch tigh'nn gu baile mi ;  
 An t-uisge glan 's am fàileadh  
 Th' air mullach nam beann àrda,  
 Chuidich e gu fàs mi ;  
 'S e rinn domh slàint' is fallaineachd.

Fhuair mi greis a m' àrach  
 Air àirighean a b' aithne dhomh,  
 Ri cluiche, 's mire, 's mànrán,  
 'S bhith 'n coibhneas blàth nan caileagan ;



Bu chùis an aghaidh nàduir  
 'Gum maireadh sin an dràst ann ;  
 'S e b' éiginn bhith 'gam fàgail  
 Nuair thainig tràth dhuinn dealachadh.

Nis o 'n bhuaile an aois mi,  
 Fhuair mi gaoid a mhaireas domh,  
 'Rinn milleadh air mo dheudach,  
 'S mo léirsinn air a dalladh orm ;  
 Chan urrainn domh bhith treubhach,  
 Ged a chuirinn feum air,  
 'S ged bhiodh an ruaig am dhéidh-sa,  
 Cha dean mi ceum ro chabhagach.

Ged tha mo cheann air liathadh,  
 'S mo chiabhagan air tanachadh,  
 'S tric a leig mi mial-chu  
 Ri fear fiadhaich, ceannardach ;  
 Ged bu toigh leam riamh iad,  
 'S ged fhaicinn air an t-sliabh iad,  
 Cha teid mi nis 'gan iarraidh,  
 Bho 'n chaill mi trian na h-analach.

Ri àm dol anns a' bhùireadh,  
 Bu dùrachdach a leanainn iad ;  
 'S bhiodh uair aig sluagh na dùthcha,  
 'Toirt òran ùra 's rannachd dhoibh ;  
 Greis eile mar ri càirdean,  
 Nuair bha sinn anns na campan ;  
 Bu chridheil anns an àm sinn,  
 'S cha bhiodh an dram oirnn annasach.

Nuair bha mi 'n toiseach m' òige,  
 'S i ghòraich a chum falamh mi ;  
 'S e 'm fortan tha cur òirnne  
 Gach aon nì còir a ghealladh dhuinn ;  
 Ged tha mi gann a stòras,  
 Tha m' inntinn làn de shòlas,  
 Bho 'n tha mi ann an dòchas  
 Gun d' rinn Nigh'n Deòrs' \* an t-aran domh.

\* His musket.

Bha mi 'n dé san aonach,  
 'S bha smaointean mór' air m' aire-sa,  
 Nach robh 'n luchd-gaoil a b' àbhaist  
 'Bhith 'siubhal fàsaich mar rium ann;  
 'S a' bheinn is beag a shaoil mi  
 Gun deanadh ise caochladh,  
 Bho 'n tha i nis fo chaoirich,  
 'S ann thug an saoghal car asam.

Nuair sheall mi air gach taobh dhìom,  
 Chan fhaodainn gun bhith smalanach,  
 Bho 'n theirig coill' is fraoch ann,  
 'S na daoine bh' ann cha mhaireann iad;  
 Chan 'eil fiadh r' a shealg ann,  
 Chan 'eil èun no earb ann,  
 Am beagan nach 'eil marbh dhiubh,  
 'S e rinn iad falbh gu baileach as.

Mo shoraidh leis na frithean—  
 O 's mìorbhailteach na beannan iad,  
 Le biolair uaine 's fìor-uisg',  
 Deoch uasal, rìomhach, cheanalta!—  
 Na blàran a tha prìseil,  
 'S na fàsaichean tha lìonmhor;  
 Bho 'n 's àit' a leig mi dhìom iad,  
 Gu bràth mo mhìle beannachd leo!

## V.

## OIDHCHE NA CALLAINNE AN TÌR CHEIN.

Is tiamhaidh, trom, mo chridhe 'nochd,  
 Is mi am aon'ran bochd leam fhéin;  
 Chan iarr mi tàmh, chan fhaigh mi lochd,  
 Is mi fo mhùig an dùthaich chéin.

Is iomadh cuimhne thùrsach, throm,  
 'Tha 'dùsgadh bròin 's 'gam chur fo sprochd;  
 'S e 'thog an osna ann am chom,  
 Nach 'eil mi 'n Tìr-nam-Beann an nochd.

Tha Tìr-nam-Beann mar bha i riamh—

Gach gleann, is sliabh, is creag nam faobh,  
An creachann àrd 's am bi am fiadh,  
'S an leacann liath tha sìos o 'thaobh.

Tha, fòs, gach allt a' leum le toirm,  
Bho chreig gu creig a sìos gu tràigh;  
Tha bàrr an fhraoich fo 'bhadaid ghorm',  
Gu trom 's gu dosrach mar a bhà.

Ach c' àit' a bheil na càirdean gràidh  
D' an d' thug mi bàidh an làithean m' òig'?  
'S e fàth mo mhulaid is mo chràdh  
A mhèud 's a tha dhiubh 'n diugh fo 'n fhòid.

Tha àl a' falbh is àl a' teachd,  
Mar thonn a' leantainn tuinn air tràigh;  
Ar bliadhnaichean tha iad, gu beachd,  
Mar sgèulachd dhiamhain, gheàrr, gun stà.

Athair mo ghràidh, chan 'eil e beò;  
Mo mhàthair chaomh chan 'eil i ann;  
'S mo chomh-aoisean rinn falbh mar cheò  
A dh' fhuadaichear le gaoth nam beann.

O slàn le comunn caomh mo ghaoil  
A chuireadh faoilt am chridhe bochd!  
Mo chreach, chan 'eil iad air an t-saogh'l  
A dheanadh aobhach mise 'nochd.

Ach tha iad beò an dùthaich chéin—  
An Tìr-na-Gréin, gun oidhch' a chaoidh—  
'S coinnichidh sinn a rìs a chéil',  
Gun sùil fo dhèur, gun chridh' a' caoidh.

C' ar-son a bhithinn brònach, bochd,  
A' caoidh fo sprochd an so leam fhéin?  
Do shùil, a Dhé, tha orms' an nochd,  
Fo dheòraidheachd an dùthaich chéin.

Cha bhi mi 'caoidh, cha toir mi géill;  
Fo thaic do sgéith gun iarr mi tàmh;  
Do thoil-sa dèanar leam, a Dhé,  
'Gam strìochdadh fhéin a chaoidh fo d' làimh.

## VI.

## MAC OG AN IARLA RUaidh.

“ Cha teid mise chaoidh de m' dheòin  
 Gu mac òg an Iarla Ruaidh,  
 Gus an cuir a' bheinn ud shìos  
 Cùlaobh ris a' bheinn ud shuas.

“ Cha teid mise chaoidh de m' dheòin  
 Gu mac òg an Iarla Ruaidh,  
 Gus an dèan an eala bhàn  
 Nead gu h-àrd air bhàrr nan stuadh.

“ Cha teid mise chaoidh de m' dheòin  
 Gu mac òg an Iarla Ruaidh,  
 Gus an cuir am bradan breac  
 Trì cuir mhear' an crò nan uan.”

Thog a muime thall a ceann—  
 “ 'S gòrach leam do chainnt, a luaidh;  
 Bheir thu gaol roimh Fhéill-an-Ròid,  
 Do mhac òg an Iarla Ruaidh.

“ Cainnt nan òg-bhan tha mar dhrùchd  
 A nì 'ghrian a shùghadh suas;  
 Mu 'n tig Samhain bidh tu posd'  
 Aig mac òg an Iarla Ruaidh.”

'Bheinn ud shuas 's a' bheinn ud shìos,  
 Cha do charaich riamh 's cha ghluais,  
 Ach thug Màiri gaol gun ghò  
 Do mhac òg an Iarla Ruaidh.

Tha 'n eala 'gur san eilein bhàn  
 'S am bradan tàrr-gheal feadh a' chuain,  
 'S tha Màiri nis 'na céile phòsd'  
 Aig mac òg an Iarla Ruaidh.

## VII.

## LINN AN AIGH.

“ An uair bha 'Ghàidhlig aig na h-eòin,”  
 Bha 'm bainne air an lòn mar dhrùchd;  
 A' mhil a' fàs air barr an fhraoich,  
 'S a h-uile nì cho saor 's am bùrn.

Cha robh daoine a' pàidheadh màil;  
 Cha robh càin orra no cìs—  
 Iasgach, sealgach, agus coill',  
 Ac' gun fhaighneachd is gun phrìs.

Cha robh cogadh, cha robh còmh-stri,  
 Cha robh cònsachadh no streup—  
 H-uile h-aon a' gabhail còmhnuidh  
 Anns an t-seòl bu deòin leis fhéin.

Cha robh guth air creich no tòir;  
 Bha gach dùil 'tigh'nn beò an sìth;  
 Feum sam bith cha robh air mòd,  
 'S lagh na còrach anns a' chrìdh'.

Dh' òr no dh' airgead cha robh miadh,  
 Sògh is fialachd air gach làimh;  
 Airc cha d' fhiosraich duine riamh,  
 Is cha d' iarr aon neach cuid chàich.

Bha coibhneas, comunn, iochd, is gràdh,  
 Anns gach àit am measg an t-sluaigh,  
 Eadar far an éirich grian,  
 'S far an laigh i 'n iar sa' chuan.

Bha gach achadh fo throm bhàrr,  
 Gu làn 's gu torach, air a' chluain;  
 Bliochd is bainne aig an àl;  
 Innis anns gach àit aig buar.

Cha robh feum air cléith no crann;  
 Chinn gach nì neo-ghann leis fhéin;  
 Meas is blàths sa' h-uile h-àm—  
 A' bhliadhna 'na sàmhradh gu léir.

## VIII.

## TUIREADH.

Dh' iadh ceò nan stùc mu aodann Chuilinn,  
 Is sheinn a' bhean-shith a torman m'ulaid,  
 Tha sùilean gorm, ciùin, san Dùn a' sileadh,  
 Bho 'n thriall thu uainn 's nach till thu tuilleadh.

Cha till, cha till, cha till Mac-Cruimein,  
 An cogadh no sith cha till e tuilleadh,  
 Le h-airgead no nì cha till Mac-Cruimein,  
 Cha till gu bràth gu Là na Cruinne.

Tha osag nam beann gu fann ag imeachd,  
 Gach sruthan 's gach allt gu mall le bruthaich;  
 Tha ealta nan speur feadh ghèugan dubhach,  
 A' caoidh gun d' fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Tha 'n fhairge fa-dheòidh làn bròin is m'ulaid,  
 Tha 'm bàta fo sheòl, ach dhiùlt i siubhal,  
 Tha gàrthaich nan tonn le fuaim neo-shubhach,  
 Ag ràdh gun d' fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Cha chluinnear do cheòl san Dùn mu fheasgar,  
 'S mac-talla nam mùr le mùirn 'ga fhreagairt,  
 Gach fleasgach is òigh gun cheòl, gun bheadradh,  
 Bho 'n thriall thu uainn 's nach till thu tuilleadh.

## NOTES ON SPECIFIC READINGS.

Page 57, line 18—"Ailein-an-Earrachd"—Allan Cameron of Erach, in Lochaber, who raised the 79th Regiment, known as the Cameron Highlanders.

Page 61, line 17—"Marsali Mhór agus na buanaichean." This refers to the time when it was customary for Highland shearers to go to the South country to the harvest.

Page 63, line 16—"Bodach nam Brigisean"—The name of a well-known pipe tune.

Page 63, line 19—"Mac-Iain-Abraich"—The patronymic of Maclean of Coll.

Page 64, line 28—"Clag Sgàin"—The bell of Scone. As with Whittington and the bells of London, the Highland people interpreted the message of the bell of Scone thus—"An rud nach buin duit na buin dà"—"Mind your own business."

Page 64, line 33—"Tigh Eóghain Oig. "Eóghan Og" was one of the *noms de plume* of Lachlan Maclean, one of the principal contributors to the "Teachdaire Gàidhealach."

Page 64, line 38—"Mo chuilean"—A common term of endearment.

Page 65, line 2—"Murchadh agus Mionachag." In some versions the male actor is called Murachan. There may possibly be the shadow of a moral in the piece, Murachan being the well-doing person, from "Murrach," *thrifty*; while the name Mionachag may be from "mionach," and thus a personification of *greed*.

Page 70, line 26—"Oidhche na Callainne"—Hogmanay night. "Callainn" or "Collainn" is the Latin word "Calendæ," the first of the month.

Page 72, line 2—"Mac Og an Iarla Ruaidh." This exquisite ballad appeared in "Albyn's Anthology," accompanied with the following very free rendering by Sir Walter Scott:—

## NORA'S VOW.

Hear what Highland Nora said—  
"The Earlie's son I will not wed,  
Should all the race of nature die,  
And none be left but he and I.  
For all the gold, for all the gear,  
And all the lands both far and near,  
That ever valour lost or won,  
I would not wed the Earlie's son."

"A maiden's vows," old Callum spoke,  
"Arc lightly made and lightly broke;  
The heather on the mountain's height  
Begins to bloom in purple light;  
The frost-wind soon shall sweep away  
That lustre deep from glen and brae;  
Yet Nora, ere its bloom be gone,  
May blithely wed the Earlie's son."

"The swan," she said, "the lake's clear  
May barter for the eagle's nest; {breast  
The Awe's fierce stream may backward turn,  
Ben-Cruachan fall and crush Kilchurn;  
Our kilted clans, when blood is high,  
Before their foes may turn and fly;  
But I, were all these marvels done,  
Would never wed the Earlie's son."

Still in the water-lily's shade,  
Her wonted nest the wild-swan made;  
Ben-Cruachan stands as fast as ever,  
Still downward foams the Awe's fierce river;  
To shun the clash of foeman's steel,  
No Highland brogue has turned the heel;  
But Nora's heart is lost and won—  
She's wedded to the Earlie's son."

Page 72, line 15—"Muime." The term "muime" here means, not stepmother, but nurse or lady-attendant.

Page 72, line 17—"Féill-an-Ròid"—the Feast of the Holy Rood 14th September.

Page 73, line 3—"An uair bha 'Ghàidhlig aig na h-eòin." The author poetically fixes the period of the Golden Age as the time "when the birds spoke the Gaelic language." The line quoted is from a poem by Ewen MacIachlan.

Page 74, lines 5 and 19—"An Dùn." This refers to Dunvegan Castle the seat of Macleod of Macleod.

Page 74, line 7—"Mac-Cruimein." The Mac-Crimmons were the hereditary pipers of Dunvegan. The one of them who forms the subject of this popular Lament fell at the Rout of Moy.

Page 74, line 13—"Ealta nan spéur"—"the coveys of the sky"—the fowls of heaven.



# VOCABULARY

FOR "HOW TO LEARN GAELIC."

## ABBREVIATIONS AND EXPLANATIONS.

<i>a.</i> , <i>adj.</i> .. ..	adjective	<i>interrog. pron.</i> .. ..	interrogative pronoun
<i>accus.</i> .. ..	accusative	<i>irreg.</i> .. ..	irregular
<i>adv.</i> .. ..	adverb	<i>m.</i> .. ..	noun masculine
<i>art.</i> .. ..	article	<i>neg. part.</i> .. ..	negative particle
<i>compar.</i> .. ..	comparative	<i>nom.</i> .. ..	nominative
<i>conj.</i> .. ..	conjunction	<i>num.</i> .. ..	numeral
<i>contr.</i> .. ..	contraction	<i>part.</i> .. ..	participle
<i>dat.</i> .. ..	dative	<i>past ind.</i> .. ..	past indicative
<i>def. art.</i> .. ..	definite article	<i>pers. pron.</i> .. ..	personal pronoun
<i>def. v.</i> .. ..	defective verb	<i>pf.</i> .. ..	prefix
<i>demon. pron.</i> .. ..	demonstrative pronoun	<i>pl.</i> .. ..	plural
<i>dep.</i> .. ..	dependent	<i>poss. pron.</i> .. ..	possessive pronoun
<i>emph.</i> .. ..	emphatic	<i>prep.</i> .. ..	preposition
<i>f.</i> .. ..	noun feminine	<i>prep. pron.</i> .. ..	prepositional pronoun
<i>fut.</i> .. ..	future	<i>pres.</i> .. ..	present
<i>indef. pron.</i> .. ..	indefinite pronoun	<i>pres. part.</i> .. ..	present participle
<i>ind.</i> .. ..	indicative	<i>pron.</i> .. ..	pronoun
<i>inf.</i> .. ..	infinitive	<i>rel.</i> .. ..	relative pronoun
<i>interj.</i> .. ..	interjection	<i>v.</i> .. ..	verb.
<i>interrog. part.</i> .. ..	interrogative particle	<i>voc.</i> .. ..	vocative.

\* In nouns the nominative and genitive singular and the nominative plural are given; in adjectives the possessive and comparative; and in verbs the imperative singular (second person) and the infinitive.

Nouns showing no genitive form are usually of the Weak Declension, and are indeclinable in the singular.

The place where the inflecting suffix is added is indicated by a hyphen. Plural forms are preceded by a semi-colon.

## A

*A*, *poss. pron.*, his, her, its.  
*A*, *an, rel. pron.*, who, that, which, whom.  
*A*, *prep.*, out of.  
*A*, *prep.*, to.  
*A*, *sign of the voc.*  
*A'*, *am, an, an t, art.*, the.  
*A'*, *contraction of ag.*  
*Abair*, *radh, v.*, say.  
*Abar*, *m.*, a river-mouth.  
*Abhac-as, ais, m.*, sport.  
*Abhainn, aibhne; aibhnichean, f.*, a river.  
*Abhaist, e; ean, f.*, custom.  
*Acfhainn, e; ean, f.*, harness, tackle.  
*Ach, conj.*, but, except.  
*Ach-adh, aidh; aidhnean, m.*, a field, a plain.  
*Achlais, e; ean, f.*, the arm-pit.  
*Ad, aide; adaichean, f.*, a hat.  
*Adh-art, airt; artan, m.*, forwardness.  
*Ag, sign of pres. part.*  
*Ag-air, airt, radh, v.*, claim.

*Agam, prep. pron.*, at me, in my possession. For *agad, aige, aice*; again, *agaibh, aca*, see grammar.  
*Agh, aigh, m.*, joy, happiness, luck.  
*Aghaidh, e; ean, f.*, the countenance.  
*Agus or is, or 's, conj.*, and, as.  
*Aid-ich, eachadh, v.*, admit, confess.  
*Aig, prep.*, at.  
*Aigeann-ach, aich; aichean, f.*, a termagant woman.  
*Aigh-ear, ir, f.*, gladness, cheerfulness.  
*Ail-ean, ein, m.*, a plain, a lawn.  
*Aill, e; f.*, the will.  
*Aillidh, e, a.*, beautiful.  
*Aindeoin, f.*, non-will.  
*Aineol-ach, aiche, a.*, ignorant.  
*Aing-eal, il; ainglean, m.*, an angel.  
*Ainm, ainme; ainmean, ainmeannan, m.*, a name.  
*Ainnig, e, a.*, seldom, rare.  
*Ainn-eamh, imhe, a.*, rare, scarce.  
*Air, prep.*, on, after.  
*Airc, e, f.*, distress, want.  
*Aird, e, f.*, a height.  
*Aird, e, f.*, preparation.

Aire, f., notice, attention.  
 Air-eamh, imh; eamhan, f., number.  
 Airg-eadh, id, m., silver, money.  
 Airidh, e, a., worthy.  
 Airigh, e; ean, f., a shealing.  
 Airneis, f., furniture.  
 Ais (air ais), adv., backward.  
 Ait or aite; aiteachan, m., a place.  
 Aith-ghearr-adh, aidh, m., a short-cut.  
 Aithne, f., knowledge.  
 Aithn-ich, eachadh, v., recognise.  
 Aithris, aithris, aithriseadh, v., relate.  
 Aitr-eabh, ibh; eabhán, f., a building.  
 Al, ail, m., a generation.  
 Allaban-ach, aich; aich, m., a wanderer.  
 Allt, uillt; uillt, m., a brook, a burn.  
 Am, or an, def. art., the.  
 Am or an, interrog. particle.  
 Amaid-each, iche, a., foolish.  
 Amh-airc, arc, v., look, see.  
 An, art., the.  
 An, conj., if.  
 An, poss. pron., their.  
 Anabarr, m., excess.  
 An-ail,alach, f., breath.  
 Anam, anma; anmannan, m., a soul.  
 An-moch, muiche, a., late.  
 Ann an, prep., in.  
 Ann, adv., there.  
 Ann, indef. pron., at all.  
 Annam, prep. pron., in me. For annad, ann, innte, annainn, ann-aibh, annta, see grammar.  
 Annas-ach, aiche, a., rare, novel.  
 Anns an, prep. with art. or rel. pron., in the, in whom.  
 Aobh-ach, aiche, a., joyful, cheerful.  
 Aobh-ar, air; aran, m., cause, reason.  
 Aod-ach, aich; aichean, m., clothes.  
 Aognaidh, e, a., pallid.  
 Aoibhinn, e, or aoibh-neach, niche, a., joyful.  
 Aoibhn-eas, is, m., gladness.  
 Aom, adh, v., incline, bow.  
 Aon or aona, a., one.  
 Aonar, aloneness.  
 Aonar-an, ain; ain, m., a hermit.  
 Aont, e; ean, f., age.  
 Aont-aich, achadh, v., consent.  
 Aosda, a., aged.  
 Ao-trom, truime, a., light.  
 Ap, a; an, f., an ape.  
 Ar, poss. pron., our.  
 Ar-ach, aich, m., rearing, upbringing.  
 Araidh, e, a., particular, special.

Ar-an, ain; ain, m., bread.  
 Ard, airde, a., high, sublime.  
 Ard-aich, achadh, v., raise elevate.  
 Arm, airm; airm, m., a weapon, arms.  
 Arm, adh, v., oil, grease.  
 Arsa, def. v., quoth.  
 As, adv., out. Cuir as do—, kill.  
 As an, prep. with art. or rel. pron., out of the, out of whom.  
 Asa, a., compar. of farasda, easier.  
 Asam, prep. pron., out of me. For asad, as, aisde, asainn, asaibh, asda, see grammar.  
 Ast-ar, air, m., a distance.  
 Ath, a., the next, again.  
 Ath, a; an, f., a kiln.  
 Ath-adh, aidh, m., bashfulness.  
 Ath-air, ar; raichean, m., a father.  
 Athais, f., leisure, a reproach.  
 Atharr-aich, achadh, v., change, alter.  
 Athghoirid, m., a short-cut.

## B

B', for bu, past of v., is.  
 Bac, adh, ail, v., hinder, forbid.  
 Bad, a; an, m., a tuft, a cluster.  
 Bag-air, airt, radh, v.; threaten.  
 Baidh, e, f., kindness, affection.  
 Baile; bailtean, m., a town, a farm.  
 Baileach, adv., wholly, entirely.  
 Baile-puir, m., a seaport.  
 Bainne, m., milk.  
 Bain-tighearna; tighearnan, f., a lady.  
 Bairich, f., lowing of cattle.  
 Bal-ach, aich; aich, m., a lad, a loon.  
 Balach-an, ain; ain, m., a little boy.  
 Balg-shaighead, m., a quiver.  
 Ball, buill; buill, m., a member, a tool, a ball, a spot, a rope.  
 Ban, baine, a., white, pale.  
 Banais, bainns-e; ean; f., a wedding.  
 Ban-righinn; ean, or ban-righ; ean, f., a queen.  
 Bantr-ach, aich; aichean, f., a widow.  
 Bard, baird; baird, m., a poet.  
 Barr, a; an, m., the top, a point, a crop.  
 Barrachd, m., more, superiority.  
 Bas, bais; bais, m., death.  
 Bas-aich, achadh, v., die, expire.  
 Bas-bhuilleach, a., death-dealing.  
 Bat or bata, bata; bataichean, m., a staff.  
 Bata, bata; bataichean, f., a boat.  
 Beachd, a; an, m., observation, opinion. Gu beachd, surely.

- Beadr-adh, aidh, m., fun, fondling.  
 Beag, a., little, small.  
 Beag-an, ain, m., a little.  
 Beal-ach, aich; aichean, a pass, a defile.  
 Bean, mna; dat., mnaoi; mnathan, f., a woman.  
 Bean-bainne, f., a bride.  
 Beannachd; an, mf., a blessing.  
 Bean-shith, f., a fairy.  
 Bearr-adh, aidh; aidhean, m., a mountain ridge.  
 Beairteach. See beirteach.  
 Beatha, f., life, welcome.  
 Beath-aich, achadh, v., feed, nourish.  
 Beinn, e; beanntan, beanntaichean, f., a mountain.  
 Beir, breith, beirsinn, v., bear, seize.  
 Beirt, e; ean, f., a loom, a burden, equipment.  
 Beirt-each, iche, a., wealthy.  
 Beist, e; ean, f., a beast.  
 Beo, m., life, life-time.  
 Beo, a, a., alive, living.  
 Beoth-ach, aich; aichean, m., a beast.  
 Beul, beoil; beoil, the mouth. Beal.  
 Beulaibh, m., front, presence.  
 Beul-atha, m., a ford.  
 Beul-mor, m., a boat gunwale.  
 Beum, beum-a; an, annan, m., a stroke, a cut, a taunt.  
 Beum-sleibhe, m., a mountain torrent.  
 Beurla, f., the English language.  
 Bhan, adv., down, downward.  
 Bharr (a bharr), adv., moreover.  
 Bho or o, prep., from.  
 Bhos, adv., on this side.  
 Bhrigh, or, a bhrigh, conj., because.  
 Bhuam, see uam.  
 Bhur or 'ur, poss. pron., your.  
 Bi, bith, v., be.  
 Biadh, bidh, m., food.  
 Biadh, biathadh, v., feed.  
 Biadhtachd, f., hospitality.  
 Bian, bein; bianan, m., a hide.  
 Bid, e; ean, m., a chirp.  
 Bigid, second compar. of beag.  
 Bile, bile; bilean, f., a lip, an edge.  
 Binn, e, a., melodious.  
 Biod-ag, aig; agan, f., a dirk.  
 Bior, a; an, m., a thorn, a stick.  
 Bior-an, ain; ain, m., a little stick.  
 Bith, f., life, existence.  
 Bitheanta, a. and adv., frequent, often.
- Blar, blair; olair, blaran, m., a plain, a battle.  
 Blath, blaithe, a., warm, kind.  
 Bleith, bleith, v., grind.  
 Bliadhn-a; aichean, aidh, f., a year.  
 Bliochd, f., milk.  
 Bo, bo, dat., boin; ba, f., a cow.  
 Boc, buic; buic, m., a he-goat, a roebuck.  
 Bochd, a., poor, needy.  
 Bod-ach, aich; aich, a churl, a mutchkin.  
 Bodhar, buidhre, a., deaf.  
 Bogh-a; achan, m., a bow.  
 Boineid, e; ean, fm., a bonnet.  
 Boireann, a., female.  
 Boireann-ach, aich; aich, f., a woman.  
 Boit-ean, ein; eanan, m., a bundle of hay or straw.  
 Bonn, buinn; buinn, bonnan, m., a sole, a base, a coin.  
 Bonn-ach, aich; aich, m., a cake.  
 Borb, buirbe, a., fierce, wild.  
 Bord, buird; buird, m., a table, a board.  
 Both-an, ain; ain, m., a hut, a cot.  
 Brad-an, ain; ain, m., a salmon.  
 Bragh-aid, ad; aidean, m., the neck or throat.  
 Braighe, braghad; braigh-ean eannan, f., neck, upper part.  
 Braid, e; ean, fm., a brooch.  
 Bras, braise, a., quick, hasty.  
 Brat; an, achan, m., a covering, a carpet.  
 Brat-ach, aich; aichean, f., a flag.  
 Brath (gu brath), adv., for ever.  
 Brath-air, ar; braithrean, m., a brother.  
 Breac, bric; bric, m., a trout.  
 Breac, brice, a., spotted.  
 Breac-an, ain; ain, anan, m., tartan, a plaid.  
 Breag, adh, v., soothe, flatter.  
 Breug, breige; an, f., a falsehood.  
 Briath-ar, air; ran, m., a word.  
 Brigis, e; ean, f., a pair of breeches.  
 Briod-al, ail, v., caress, flatter.  
 Brist, eadh, v., break. Bris, eadh.  
 Brog, broige; an, f., a shoe.  
 Broill-each, ich; ichean, m., the breast.  
 Bron, broin, m., grief, sorrow.  
 Bros-naich, nachadh, v., provoke, incite.

Bru, bronn; dat. broinn; bronna, bronnaichean, f., a belly.  
 Bruach, bruaich; an, f., a bank, a brink.  
 Bruchd, adh, v., rush out.  
 Bruidhinn, v., talk, speak.  
 Bruidh-inn, ne, f., talk, speech.  
 Bruith-ach, aich; aichean, m., an ascent, a slope.  
 Bu, past of v. is.  
 Buachaill-e; ean, m., a cow-herd.  
 Buaidh, e; ean, buadhan, f., virtue, victory.  
 Buail, bualadh, v., strike, beat.  
 Buail-e; tean, f., a fold.  
 Buail-teach, tiche, a., liable to, infectious.  
 Buain, buana, f., reaping, mowing.  
 Buair-eadh, idh; idhean, m., temptation.  
 Buaires-ach, aiche, a., trying, provoking.  
 Buan, buaine, a., lasting, durable.  
 Buanaich-e; ean, m., a reaper.  
 Buar, m., cattle.  
 Buchallach, a., nestling.  
 Buid-eal, eil; eil, a cask, an anker.  
 Buidhe, a., yellow, lucky.  
 Buidheach-as, ais, m., thanks.  
 Buidh-eann, ne; nean, nichean, f., a party.  
 Buil, e; f., use, effect, end.  
 Buileach (gu buileach), adv., wholly.  
 Buill-e; ean, mf., a blow, a stroke.  
 Buin, buntainn, v., deal with, belong to.  
 Buinn-e; eachan, f., a rapid current.  
 Buir-eadh, idh, m., rutting.  
 Bun, buin; buin, bunan, m., a root, mouth of a river.  
 Burn, buirn, m., water.

## C

Cab-ar, air; air, m., a stake, a rafter, a deer's antler.  
 Cabh-ag, aig, f., hurry, haste.  
 Cabhraich, e, f., sowans.  
 Cab-rach, raiche, a., having antlers.  
 Cach, indef. pron., the rest.  
 Cachaileith; ean, f., a gate.  
 Cad-al, ail, m., sleep.  
 Cagailt, e; ean, f., a hearth.  
 Caih-e; eachan, m., a spade.  
 Cadil, cadal, v., sleep.  
 Caid-reach, riche, a., kind, social.  
 Vag-air, arsaich, v., whisper.

Cail-eag, eig; ean, f., a little girl.  
 Caileigin, indef. pron., somewhat.  
 Caill, call, v., lose.  
 Cain, e, f., a tax, tribute.  
 Cainb, e, f., hemp.  
 Cainnt, e; ean, f., language.  
 Cair-eil, eala, a., friendly.  
 Cair-idh; idhean, f., a contrivance for catching fish.  
 Caise, m., cheese.  
 Caist-eal, eil; ealan, m., a castle.  
 O' aite, interrog., where.  
 Caith, eamh, v., wear.  
 Caith-ream, rim, fm., a joyful noise.  
 Cal, cail, m., cabbage, soup (kail).  
 Cal-adh; achan, aidhean, m., a harbour.  
 Calg-ach, aiche, a., bristly, awny.  
 Call, a, m., a loss.  
 Cam, caime, a., crooked, one-eyed.  
 Camhanaich, f., the dawn.  
 Camp, a; an, annan, m., a camp.  
 Can-ach, aich, mf., cotton grass.  
 Caoch-ail, ladh, v., change, die.  
 Caoch-ladh laidh; laidhean, 'm., a change.  
 Caoir, e; ean, f., a fiery shimmer.  
 Caol, caoile, a., small, slender, lean.  
 Caol-an, ain; ain, m., an entrail.  
 Caol-as, ais; ais, an, m., a strait.  
 Caomh-ainn, nadh, v., spare, save.  
 Caor-a, ach; dat. caora; aich, caoir-ich, f., a sheep.  
 Car, prep., during.  
 Car, cuir; cuir, m., a turn, a trick.  
 Car-aich, achadh, achdainn, v., move.  
 Caraid, e; cairdean, m., a friend.  
 Carb-ad, aid; adan, m., a chariot.  
 Carn, cuirn; cuirn, m., a cairn, a sledge.  
 Cas, cais; casan, m., a difficulty.  
 Cas, coise; an, f., a leg, a foot, a haft.  
 Cas-chrom, cois-chruim, f., a primitive Highland plough.  
 Cat, cait; cait, m., a cat.  
 Cath, a; an, m., a fight, a battle.  
 Cath-air, rach; raichean, f., a chair, a city.  
 Cath-chuthach, m., battle-fury.  
 Cead, m., leave, permission.  
 Cealg, ceilg, f., deceit, hypocrisy.  
 Ceanalta, a., agreeable, polite.  
 Ceang-ail, al, v., bind, tie.  
 Ceann, cinn; cinn, m., a head, an end.  
 Ceann-ach, aich, m., a reward, a price.

- Ceann-aich, ach, v., buy.  
 Ceannaiche; ean, m., a merchant.  
 Ceann-ard, aird; ardan, m., a head, a chief.  
 Ceannard-ach, aiche, a., imperious, haughty.  
 Ceann-cinnidh, m., the head of a clan.  
 Ceann-feadhna, m., a general, a leader.  
 Ceanns-aich, achadh, v., subdue.  
 Cearc, circ; cearcan, f., a hen.  
 Cearc-fhraoich, f., a moor-fowl.  
 Cearc-thomain, f., a partridge.  
 Ceard, ceird; ceaird, m., a tinker.  
 Cearn, a; an, mf., a region.  
 Cearr, a, ciorra, a., left, wrong.  
 Ceart, ceirte, a., right, just.  
 Ceatharn-ach, aich; aich, m., a hero.  
 Ceathramh, a., the fourth.  
 Ceathrar, a., four persons.  
 Ceidhe; ceidheachan, m., a pier.  
 Ceile; ceileachan, mf., a spouse, a mate. Le cheile, together.  
 Ceilear-adh, idh, m., chirping.  
 Ceir, eadh, v., wax, seal.  
 Ceirsele; an, f., a clew of yarn.  
 Ceithir, a., four.  
 Ceo, ceotha; ceothan, m., fog.  
 Ceol, ciuil; ciuil, m., music.  
 Ceudna, pron., the same.  
 Ceum, a; an, annan, m., a step, a path.  
 Cha, chan, neg. particle, not.  
 Chaidh, adv., for ever.  
 Cheana, adv., already.  
 Chionn, conj., because. Cionn, old dat. of ceann.  
 Cho, conj., so, as.  
 Choir (a choir), near to.  
 Chum, prep., to, for, in order to.  
 Cia, interrog. pron., who, what, which.  
 Ciabh-ag, aig; agan, f., a lock of hair.  
 Ciad, a., a hundred, the first.  
 Ciadamh, a., the hundredth.  
 Ciall, ceill, mf., reason, sense.  
 Ciat-ach, aiche, a., first-rate.  
 Cibeir; ean, m., a shepherd. Ciobair.  
 Cill, e; tean, f., a graveyard.  
 Cinn, tinn, eachdainn, v., grow.  
 Cinn-eadh, idh, m., a clan, a tribe.  
 Ciar, ciaradh, v., darken.  
 Ciod, interrog. pron., what.  
 Cionn (os cionn), prep., above.  
 Cionnas, adv., how.  
 Cionta, f., guilt, crime.  
 Cir, eadh, v., comb, tease as wool.  
 Cir, e; ean, f., a comb.  
 Cis, e; ean, f., a tax, a tribute.  
 Ciuin, e, a., meek, gentle.  
 Ciurr, adh, v., hurt, damage.  
 Clach, cloiche; clachan, f., a stone.  
 Clach-theine, f., a flint stone.  
 Clad-ach, aich; aichean, m., the shore.  
 Clag, cluig; cluig, m., a bell.  
 Claidh-eamh, imh; eamhan, m., a sword.  
 Claidheamh-da-laimhe, m., a two-hand sword.  
 Claidheamh-mor, m., a claymore.  
 Clai-teachd, m., hearing.  
 Clann, cloinne; clanna, f., children, clan.  
 Clar, clair; clair, claran, m., a stave, a tablet, a ship deck.  
 Claraidh, f., a partition.  
 Cleachd, amh, v., accustom, practise.  
 Cleith, cleith, v., conceal.  
 Cliath, cleithe; cliathan, f., a harrow, a hurdle.  
 Cliath-ach, aich; aichean, f., the side.  
 Cliu, cliu, cliutha, m., fame.  
 Clos, m., rest.  
 Cluain, e; tean, f., a field.  
 Cluas, cluaise; cluasan, f., the ear.  
 Cluich, eachd, v., play.  
 Cluinn, tinn, v., hear, listen.  
 Cnag, cnaig; cnagan, f., a peg, a pin.  
 Cnaimh, cnamha; cnamhan, m., a bone.  
 Cnap, cnaip; cnaip, a lump.  
 Cnap, adh, v., thump, knock.  
 Cnap-ag, aig; agan, f., a shinty ball.  
 Cneasda, a., humane, kind.  
 Cno, cnomha; cnomhan, f., a nut.  
 Cnu.  
 Co, interrog. pron., who, which.  
 Cobhrag-ach, aiche, a., frothy, foamy.  
 Cog-adh, aidh; aidhean, m., a war.  
 Coibhn-eas, eis; easan, m., kindness.  
 Coig, a., five.  
 Coigeamh, a., fifth.  
 Coignear, f., five persons.  
 Coigr-each, ich; ich, m., a stranger.  
 Coil-each, ich; ich, m., a cock.  
 Coileach-dubh, m., a blackcock.  
 Coileach-tomain, m., a partridge.  
 Coille; coilltean, f., a wood.  
 Coimh-each, iche, a., savage, shy.  
 Coinean; an, m., a rabbit.  
 Coinne; coinneamhan, f., a meeting.  
 Coinn-each, ich, f., moss.  
 Coinn-eal, le; lean, f., a candle.

- Coinn-ich, eachadh, v., meet.  
 Coir, e, a., honest, right, docile.  
 Coir, corach; coraichean, f., right.  
 Coire, e; eachan, a cauldron, a circular hollow.  
 Coisinn, cosnadh, v., earn, gain.  
 Coisridh, e, f., infantry.  
 Cois (an cois), close to ("at foot").  
 Coisir-chiuil, f., a choir.  
 Colgarra, a., wild, fierce.  
 Colt-ach, aiche, a., like.  
 Colt-as, ais; asan, m., likeness.  
 Com, cuim; cuim, m., the body.  
 Coma, a., indifferent.  
 Comain, e; ean, f., an obligation.  
 Com-ann, ainn; ainn, m., a company.  
 Comann, a, m., command.  
 Com-as, ais; asan, m., power.  
 Comas-ach, aiche, a., able.  
 Comhair (an comhair), adv., headlong.  
 Comhair, f., presence.  
 Comhairle; an, f., advice.  
 Comh-aoise, m., one of equal age.  
 Comhar-aich, achadh, v., mark.  
 Comh-daich, dachadh, v., cover.  
 Comhdhail, m., meeting.  
 Comh-la, lach; lachan, f., a door.  
 Comhla, adv., together.  
 Comh-laich, lachadh, v., meet.  
 Comhnuidh; ean, f., a dwelling.  
 Comhradh, m., conversation.  
 Comh-sheirm, e, f., harmony.  
 Comh-stri, f., struggle.  
 Compan-ach, aich; aich, m., a companion.  
 Cor, m., condition.  
 Corc-ach, aich, f., hemp.  
 Cord, adh, v., agree.  
 Cor-eigin (air chor-eigin), indef. pron., some.  
 Corp, cuirp; cuirp, m., a body.  
 Corr, a, m., excess.  
 Corr, a; an, f., a heron.  
 Corr-ag, aig; agan, f., a finger.  
 Cos, cois; cosan, a recess.  
 Cosn-adh, aidh, m., work.  
 Cost (cosd), v., spend.  
 Cota; cotaichean, m., a coat.  
 Coth-rom, ruim; roman, m., opportunity.  
 Othrom-ach, aiche, a., just, level.  
 Crabh-adh, aidh, m., piety.  
 Craidh-teach, tiche, a., painful.  
 Crann, croinn; croinn, m., a plough, a mast.  
 Craobh, craoibhe; craobhan, f., a tree.
- Craoidhl-eag, eig; eagan, f., a basket, a small creel.  
 Craos, craois; craois, m., a maw, gluttony.  
 Creach, creiche, f., spoil.  
 Creag, creige; creagan, f., a rock.  
 Creath-all, lach; laichean, f., a cradle.  
 Creim, eadh, v., gnaw.  
 Crein, eachdainn, v., suffer for.  
 Creutair; ean, m., a creature.  
 Criath-ar, air; ran, m., a sieve.  
 Cridhe; achan, m., a heart.  
 Cridh-eil, eala, a., hearty.  
 Criche, criche; criochan, f., end.  
 Criche-naich, nachdadh, v., finish.  
 Crios, a; an, m., a belt.  
 Crith, e; ean, f., quaking.  
 Crith, v., tremble.  
 Cro, crotha; croithean, m., a sheep-fold, a needle's eye.  
 Croc, croic; crocan, f., an antler.  
 Croch, adh, v., hang.  
 Crodh, cruiddh, m., cow-cattle.  
 Croic-chabar, m., a branching antler.  
 Crois-tara, f., the fiery cross.  
 Crom, adh, v., bend, stoop.  
 Crom-ag, aig; agan, f., a hook.  
 Cruach-ann, ainn; ainnean, f., the haunch.  
 Crua-dal, dail; dalan, m., hardness, hardship.  
 Cruaidh, e, a., hard, loud.  
 Cruaidh-chas, m., hardship.  
 Cruaidh-lann, f., a steel blade.  
 Cruinne, m., the globe. Cruinne-ce.  
 Cruinn-ich, eachadh, v., gather.  
 Cruinn-leum, f., a standing jump.  
 Cruth-aich, achadh, v., create.  
 Cu, coin; dat. cu; coin, gen. pl. con, a dog.  
 Cuaille; eachan, m., a club.  
 Cuairt, e; ean, f., a circuit, a tour.  
 Cuan, cuain; cuantan, m., the sea.  
 Cuann-mhor, mhoire, a., neat.  
 Cuannar.  
 Cuibh-eal, le; lichean, f., a wheel.  
 Cuid, codach; codaichean, f., portion, lodgings.  
 Guideachd; an, f., company.  
 Guideachd, adv., also.  
 Cuil, e; cuiltean, f., a nook.  
 Cuil-eag, eig; eagan, f., a fly.  
 Cuil-ean; eanan, m., a doggie, a darling.  
 Quin, adv. and interrog., when.  
 Cuir, cur, put, send, s/w.

**Cuir-eadh**, idh; idhean, m., an invitation.

**Cuirrm**, e; ean, eannan, f., a feast.

**Cuirt**, e; ean, f., a case, a subject.

**Cuis-eag**, eig; eagan, f., a stem or stalk.

**Cul**, cuil, m., the back, back hair.

**Cul-ag**, aig; agan, f., a back tooth.

**Culaibh**, m., the back.

**Culaidh**, e; ean, f., a dress, subject or object.

**Cum**, ail, v., hold, keep.

**Cum-adh**, aidh, f., shape, form.

**Cumhachd**; an, m., power.

**Cunn-art**, airt, artan, m., danger.

